

# Bile nan Cànan Albannach

## Meòrachan Phoileasaidhean

### Ro-ràdh

- Mar a dh'fheumar a dhèanamh fo Riaghailt 9.3.3 de Ghnàth-riaghailtean na Pàrlamaid, thathar a' foillseachadh a' Mheòrachain Phoileasaidhean seo gus a dhol còmhla ri Bile nan Cànan Albannach a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023.
- Thathar a' foillseachadh nan sgrìobhainnean taice eile seo mar sgrìobhainnean fa leth:
  - Notaichean Mìneachaidh (Bile 39 aig PnA–NM);
  - Meòrachan Ionmhasail (Bile 39 aig PnA–MI);
  - Meòrachan nan Cumhachdan Tiomnaichte (Bile 39 aig PnA–MCT);
  - aithrisean air comas reachdail leis an Oifigear-riaghlaidh agus Riaghaltas na h-Alba (Bile 39 aig PnA–CR).
- Chaidh am Meòrachan Phoileasaidhean seo ullachadh le Riaghaltas na h-Alba gus na poileasaidhean aig an Riaghaltas a tha air cùl a' Bhile a chur an cèill. Chan eil e mar phàirt dhen Bhile agus cha do chuir a' Phàrlamaid aonta ris.

### Cinn-uidhe phoileasaidh a' Bhile

- 'S e ceann-uidhe a' Bhile seo a thaobh phoileasaidhean barrachd taice a chur ri cànanan dùthchasach na h-Alba, a' Ghàidhlig agus Albais. Tha cumhaichean a' Bhile a' togail air geallaidhean bho mhanifesto Riaghaltas na h-Alba agus a' toirt aithrisean seachad air inbhe na Gàidhlig agus na h-Albais. Ged a tha cumhaichean a' Bhile seo a' togail air geallaidhean Riaghaltas na h-Alba, tha e cuideachd mar amas don Bhile seo frithealadh air a' mhiann a chuir coimhearsnachdan na Gàidhlig agus na h-Albais an cèill gu soilleir gum bu chòir barrachd taice a bhith ann do na cànanan aca. Chaidh am miann sin a chur an cèill sna freagairtean don cho-

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

chomhairleachadh fhoirmeil agus an lùib co-chonaltradh cunbhalach a rinneadh le riochdairean is luchd-ùidhe na Gàidhlig is na h-Albais.

5. Neartaichidh am Bile an taic a th' ann airson a bhith a' cur na Gàidhlig agus na h-Albais air adhart tro bhith a' stèidheachadh diofar cheumnan a bheir buaidh air grunn roinnean ann am beatha phoblach na h-Alba. Tha reachdas a' Bhile seo a' togail air na prìomhachasan a th' ann an-dràsta a thaobh phoileasaidhean agus e na amas an taghadh ùr de cheumnan a dhèanamh nas buadmhoire a thaobh an adhartais a tha a dhìth airson na Gàidhlig is na h-Albais. Mar phàirt den Bhile, bidh dleastanas air Ministearan na h-Alba gus Ro-innleachd na Gàidhlig ullachadh agus bidh cumhachd ann gus bun-inbhean a stèidheachadh airson obair ùghdarrasan poblach, a' gabhail a-steach foghlam Gàidhlig. Mar a tha a' tachairt an-dràsta, bidh e mar riatanas air ùghdarrasan poblach Albannach Plana Gàidhlig ullachadh agus san ùine ri thighinn bidh na planaichean sin a' gabhail ealla ris an ro-innleachd agus na bun-inbhean. Bidh am Bile a' stèidheachadh cothrom gus sgìrean cànan sònraichte a chomharrachadh far an urrainnear taic a thoirt seachad a rèir suidheachadh sònraichte a' chànain san sgìre. Bidh àite glè chudromach aig Bòrd na Gàidhlig a thaobh mar a choileanar na cumhaichean ùra seo, ach bidh iad ag obair barrachd a thaobh adhartas aig ìre na coimhearsnachd gus aithrisean air mar a chumar ris na dleastanasan gu h-àrd.

6. Mar phàirt den Bhile, bidh e mar dhleastanas air Ministearan na h-Alba ro-innleachd cànan ullachadh airson Albais agus dàrnach reachdas ullachadh airson Albais. Seo a' chiad turas a tha Albais air nochdadh ann an reachdas agus am measg reachdas a' Bhile bidh aithris air inbhe na h-Albais. Seo nì a tha an luchd-labhairt air a bhith a' miannachadh o chionn fhada. Tha aithrisean air nochdadh gu tric air inbhe na h-Albais ann an sgrìobhainnean neo-laghail agus aithrisean mhinistearan, ach cha do nochd riamh ann an reachdas. Thathar air aithne a thoirt do dh'Albais ann an Cairt Eòrpach nan Cànan Roinneil is nam Mion-chànain agus an lùib obair Comhairle Bhreatainn is na h-Èireann. Cuideachd, bidh cumhaichean cudromach eile sa Bhile a thaobh a bhith a' cur air adhart cleachdadh na h-Albais agus aithne don Albais sa bheatha phoblaich agus ann an coimhearsnachdan.

7. Bidh reachdas a' Bhile seo a' cur taic ris agus a' togail air na ceumnan a th' ann mu thràth. Tha e na amas an taghadh ùr de cheumnan a dhèanamh nas buadmhoire a thaobh an adhartais a tha a dhìth airson na Gàidhlig is na h-Albais. Nuair a tha aithris sa Bhile air aithne oifigeil airson na Gàidhlig, tha e a' togail air aithrisean a th' ann mu thràth air inbhe a' chànain ann an Achd na Gàidhlig (Alba), 2005. Ullaichidh Ministearan na h-Alba ro-innleachd na Gàidhlig agus an dleastanas sin a' dol an àite dleastanas Bhòrd na Gàidhlig gus Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ullachadh. Bidh Ministearan na h-Alba ag ullachadh bhun-inbhean Gàidhlig agus an dleastanas sin a' dol an àite dleastanas Bhòrd na Gàidhlig gus stiùireadh ullachadh.

8. Bidh e a-nis mar riatanas air ùghdarrasan poblach Albannach feart a thoirt do ro-innleachd na Gàidhlig agus do bhun-inbhean Gàidhlig nuair a bhios iad ag

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

ullachadh nam Planaichean Gàidhlig aca an àite feart a thoirt don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig. Nì Bòrd na Gàidhlig aithris do Phàrlamaid na h-Alba agus do Mhinistearan na h-Alba air mar a choileanas ùghdarrasan na Planaichean Gàidhlig aca agus bidh sin mar dhleastanas a bharrachd a thuilleadh air an obair sgrùdaidh a nì Bòrd na Gàidhlig an-dràsta. Ullaichidh Ministearan na h-Alba ro-innleachd na h-Albais agus bidh stiùireadh is bun-inbhean airson foghlam Albais a' cur taic ris an ro-innleachd sin. Thèid iad sin an àite a' phoileasaidh a th' aig Riaghaltas na h-Alba an-dràsta airson Albais.

## Cùl-fhiosrachadh

9. Nuair a chaidh Pàrlamaid na h-Alba a stèidheachadh ann an 1999, b' e clach-mhìle mhòr a bh' ann a thaobh taic do chànanan na h-Alba. Air a' bhliadhna sin chuir Riaghaltas na h-Alba buidheann gnìomha air chois gus coimhead air maoineachadh poblach don Ghàidhlig. A rèir Aithisg Mhic a' Phearsain, san robh fios air molaidhean na buidhne sin:

“Ann an Alba ùr, 's e cnag na cùise airson na Gàidhlig gum bu chòir dha a bhith na mhiann dhuinn, tha fios, gun tèid a' Ghàidhlig a ghleidheadh agus ath-nuadhachadh agus i na h-ulaidh phrìseil dhan dùthaich agus gabhaidh sin dèanamh. Tha an t-àm ann ath-bheothachadh a thoirt air a' chànan agus car a chur gu buileach dhen chuibhle.”

Chaidh Buidheann Comhairleachaidh an Riaghaltais air Gàidhlig a stèidheachadh an uair sin ann an 2002 agus mhol iad:

“gum faighear gealltanas ron taghadh bhon a h-uile partaidh Achd na Gàidhlig a stèidheachadh taobh a-staigh 3 bliadhna...Bu chòir do dh'Achd na Gàidhlig a bhith mar bhun-stèidh do ro-innleachdan ùra airson na Gàidhlig.”

Chaidh sin a thoirt gu buil nuair a thàinig Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (“Achd 2005”). Sna bliadhnaichean bhon uair sin, chaidh cur ris an taic a th' ann don Ghàidhlig ann an sgoiltean na h-Alba le Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010 agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 (“Achd 2016”). Chunnacas tuilleadh adhartais ann an obair MG ALBA, Sabhal Mòr Ostaig agus obair grunn bhuidhnean Gàidhlig. Bidh am Bile seo a' cur ris agus a' togail air an adhartas seo airson na Gàidhlig agus airson a' chiad ùr riamh bidh reachdas ann a thaobh na h-Albais.

10. Thug Riaghaltas na h-Alba grunn gheallaidhean seachad sa mhanifesto aca ann an 2021 a thaobh na Gàidhlig agus na h-Albais. Nam measg bha ceithir air am faodar coimhead mar phrìomh gheallaidhean. 'S iad sin dòighean-obrach ro-innleachdail ùra a stèidheachadh a thaobh foghlam tron Ghàidhlig, coimhead air mar a ghabhadh Gàidhealtachd a stèidheachadh, ath-bhreithneachadh air uallaichean Bhòrd na Gàidhlig (BnG) agus gnìomhan a choileanadh airson na h-Albais.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

11. Chùm Riaghaltas na h-Alba co-chomhairleachadh air na geallaidhean sin eadar an Lùnastal 2022 agus an Dùbhlachd 2022. Fhuaras còrr is 750 freagairt. Chaidh na freagairtean agus an sgrùdadh<sup>1</sup> air a' cho-chomhairleachadh fhoillseachadh san Ògmhios 2023. Tha cumhaichean a' Bhile a' gabhail ealla ris na freagairtean bhon cho-chomhairleachadh agus chithear tuilleadh fiosrachaidh air sin gu h-àrd.

## Pàirt 1: Gàidhlig

### Caibideil 1: Taic don Ghàidhlig

#### Inbhe na Gàidhlig

12. Stèidhich Achd 2005 Bòrd na Gàidhlig mar “bhuidhinn aig a bheil uallaichean a tha rin coileanadh le sùil ri inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' dleasadh spèis a tha co-ionann ris an spèis a nochdar don Bheurla”. Tha am Bile ag amas air aithne a thoirt don Ghàidhlig mar chànan aig a bheil inbhe oifigeil ann an Alba. Thèid inbhe oifigeil a dhearbhadh ri linn mar a shoirbhich le Bòrd na Gàidhlig le bhith a' daingneachadh suidheachadh na Gàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba sna bliadhnaichean bho chaidh aonta a chur ri Achd 2005. Leis an inbhe seo, bhite cuideachd a' toirt aithne don obair a rinn iomadach buidheann phoblach eile leis na planaichean Gàidhlig aca gus an t-amas seo a choileanadh. Cuideachd, cuiridh an cumha a thaobh inbhe oifigeil ri misneachd an luchd-labhairt agus neartaichidh e iomairtean a thèid a chur air adhart san àm ri teachd às leth na Gàidhlig.

#### Uallaichean Bhòrd na Gàidhlig

13. 'S e buidheann phoblach neo-roinneil a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a gheibh maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba gus cuideachadh le bhith a' cur na Gàidhlig air adhart. Ri linn a' Bhile seo, bidh aig Bòrd na Gàidhlig ri aithisgean fhoillseachadh air mar a tha buidhnean poblach a' cumail ri amasan ro-innleachd na Gàidhlig agus ri bun-inbhean Gàidhlig. Bidh na tha fa-near dhaibh nan obair ag atharrachadh agus iad a' coimhead air na thathar a' coileanadh san roinn phoblaich. Bidh iad a' dèanamh aithris gu dìreach don Phàrlamaid fhèin an àite a bhith a' dèanamh aithris tro Mhinistearan na h-Alba. Mar thoradh air na ceumannan seo agus seach gun urrainn dhaibh aithisgean fhoillseachadh, bidh guth nas làidire aca agus barrachd cumhachd gus buaidh a thoirt air cùisean, agus ri linn sin bidh barrachd buaidhe is èifeachd aig na teachdaireachdan aca. Tha Earrainn 2 den Bhile a' dèanamh atharrachadh air uallaichean Bhòrd na Gàidhlig.

---

<sup>1</sup> Bile nan Cànan Albannach, Sgrùdadh air a' Cho-chomhairleachadh - <https://www.gov.scot/publications/analysis-consultationresponses-gaelic-scots-commitments-relative-scottish-languages-bill/documents/> Bile nan Cànan Albannach, Co-chomhairleachadh, Freagairtean foillsichte - <https://consult.gov.scot/education-reform/gaelic-and-scotsscottish-languages-bill/>

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

## Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig

14. San earrainn seo, thathar a' stèidheachadh riatanas reachdail gum bi plana corporra aig Bòrd na Gàidhlig. An-dràsta, bidh Bòrd na Gàidhlig ag ullachadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus a' Phlana Chorporra aca fhèin. Fo Earrainn 5, bidh ro-innleachd na Gàidhlig a dh'ullaicheas Ministearan na h-Alba a' dol an àite a' Phlana Chànain Nàiseanta Ghàidhlig agus sin a' tachairt mean air mhean thar ùine. Às dèidh sin, bidh Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig a' cur an cèill mar a choileanas Bòrd na Gàidhlig a chuid uallaichean gus cuideachadh le bhith a' coileanadh ro-innleachd na Gàidhlig aig Ministearan na h-Alba. Cuiridh seo ri inbhe na sgrìobhainn, ro-innleachd na Gàidhlig, agus aig an aon àm bithear a' dèanamh cinnteach gu bheil e soilleir dè na h-uallaichean a th' air Bòrd na Gàidhlig a thaobh a bhith a' cuideachadh le ro-innleachd na Gàidhlig agus gu bheil na h-uallaichean sin air an cur an cèill sa phlana chorporra.

15. Tha Earrainn 4 den Bhile a' dèanamh atharrachadh air pàipear-taice 1 de dh'Achd 2005 gus iarraidh air Bòrd na Gàidhlig mar riatanas plana corporra ullachadh is a chur gu Ministearan na h-Alba airson aonta.

## Sgìrean Cànan Sònraichte

16. Bidh am Bile a' toirt chumhachdan a-steach a thaobh sgìrean cànan sònraichte. Faodar sgìre a shònrachadh mar sin ma tha àireamh bhrioghmhor de dhaoine le sgìlean Gàidhlig innte, ma tha ceangal eachdraidheil aice ri cleachdadh na Gàidhlig, ma tha foghlam Gàidhlig innte no ma tha gnìomharrachd bhrioghmhor co-cheangailte ri Gàidhlig a' dol air adhart innte. Bidh e an urra ris na h-ùghdarrasan ionadail beachdachadh air na coimhearsnachdan aca agus an fheadhainn a tha iad airson a stèidheachadh mar sgìrean cànan sònraichte a shònrachadh mar sin. Tha an cumha seo cudromach airson sealltainn gun tèid ceumannan a ghabhail mar thaic don chànan ann an sgìrean far a bheil àireamh bhrioghmhor de luchd-labhairt na Gàidhlig agus thathar aig an aon àm a' gabhail ris gum bu chòir taic a chur ris a' Ghàidhlig air feadh Alba. Chaidh an dà bheachd sin a chur an cèill gu soilleir sa cho-chomhairleachadh.

17. Tha grunn iomairtean dearbhaidh gan cur an sàs, ann an sgìrean leithid Stafainn agus Uibhist a Deas, far a bheil buidhnean ann an sgìrean ionadail ag obair le taic bho Bhòrd na Gàidhlig gus na feumalachdan aca a thaobh planadh cànan gu h-ionadail agus ro-innleachdan airson sin a chur an cèill. 'S e iomairtean coimhearsnachd ionadail a th' annta seo a bhios ag aontachadh cheumannan a ghabhas cur an sàs airson Gàidhlig san sgìre aca. Bidh na h-iomairtean sin fhathast a' faighinn taic bho BhnG mar a tha a' tachairt an-dràsta. Bidh an reachdas gu h-àrd a' cur taic ri agus a' neartachadh nan iomairtean ionadail sin.

18. Feumaidh an t-ùghdarras ionadail co-chonaltradh a dhèanamh ri daoine aig a bheil ùidh no com-pàirt sa chùis agus feumaidh iad sanasachd a dhèanamh air mar a tha iad an dùil sgìre a chomharrachadh mus cuir iad fios mun chomharrachadh gu Ministearan na h-Alba airson aonta. Faodar comharrachadh airson sgìre

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

atharrachadh no a chùl-ghairm, agus feumar, airson leithid a dh'atharrachadh no cùl-ghairm, an aon phròiseas a chur an sàs a thaobh co-chonaltradh, sanasachd agus a bhith a' sireadh aonta. Faodaidh Ministearan na h-Alba stiùireadh a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail a thaobh an cuid uallaichean fon earrainn seo agus feumaidh ùghdarrasan ionadail feart a thoirt do leithid a stiùireadh. Feumaidh ùghdarrasan ionadail buntainneach na ceumannan a chur an cèill sa phlana Ghàidhlig aca a tha rin gabhail co-cheangailte ris mar a choileanas iad an cuid uallaichean san sgìre chànain shònraichte.

## Ro-innleachd na Gàidhlig

19. Bidh aig Ministearan na h-Alba ri ro-innleachd na Gàidhlig ullachadh agus co-chomhairleachadh a chumail mu deidhinn. Bidh ro-innleachd na Gàidhlig a' dol an àite a' Phlana Chànain Nàiseanta Ghàidhlig còig-bliadhna a bhios Bòrd na Gàidhlig ag ullachadh an-dràsta. Gus adhartas a dhèanamh airson na Gàidhlig, tha e riatanach gum bi prìomhachasan aontaichte ann airson a' chànain agus gum bi inbhe nas àirde aig ro-innleachd na Gàidhlig ri linn mar a thèid a foillseachadh le ùghdarras Mhinistearan.

## Bun-inbhean Gàidhlig

20. Tha reachdas sa Bhile gus cumhachd a thoirt do Mhinistearan na h-Alba airson bun-inbhean a stèidheachadh airson na Gàidhlig tro riaghlaidhean. Thathar an dùil tràth san ùine sam bithear a' cur a' Bhile an gnìomh gun cleachdar an cumhachd gus bun-inbhean a stèidheachadh airson susbaint is riatanasan, a tha air nochdadh ann an stiùiridhean reachdail agus planaichean Gàidhlig, a ghluasad gu bhith a' nochdadh ann an riaghlaidhean. Le sin, thèid bun-riatanasan a dhaingneachadh ris am feum Riaghaltas na h-Alba cumail agus nithear cinnteach gum bithear fhathast a' cumail ri bun-inbhean. Bidh na trì eileamaidean, ro-innleachd na Gàidhlig, bun-inbhean agus planaichean Gàidhlig gan cur an sàs còmhla gus dèanamh cinnteach gum bi adhartas agus cunbhalachd ann a thaobh mar a thèid Gàidhlig a chur air adhart ann an Alba.

## Dleastanasan ùghdarrasan poblach buntainneach

21. Fon Bhile, feumaidh ùghdarrasan poblach buntainneach feart a thoirt don mhiann a tha ann airson a bhith a' cur air adhart agus a' toirt taic do chleachdadh na Gàidhlig nuair a tha iad a' coileanadh an cuid uallaichean. Bidh cumhachd aig Ministearan na h-Alba stiùireadh a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach buntainneach a thaobh an cuid dhleastanasan airson na Gàidhlig agus bidh cumhachd eile aig Ministearan na h-Alba gus àithntean a thoirt seachad. Tha dòigh-obrach nas gnìomhaiche a dhìth gus taic a thoirt don Ghàidhlig agus an cànan a chur air adhart. Bidh an cumha seo a' togail air na chaidh a choileanadh le planaichean Gàidhlig nam buidhnean bho thàinig Achd 2005. Le stiùiridhean is àithntean bho Mhinistearan na h-Alba, nithear cinnteach gum bi barrachd ùghdarras aig na dleastanasan seo.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

## Aithisgean air ro-innleachd na Gàidhlig, bun-inbhean agus dleastanasan

22. Fon Bhile, feumaidh Bòrd na Gàidhlig aithisgean ullachadh is fhoillseachadh air an adhartas a nì Ministearan na h-Alba le bhith a' coileanadh nan ceann-uidhe ann an ro-innleachd na Gàidhlig, agus air mar a choileanas buidhnean poblach buntainneach an dleastanas aca (an dàrna cuid san fharsaingeachd no a thaobh nithean sònraichte) gus feart a thoirt do ro-innleachd na Gàidhlig agus gus cumail ri bun-inbhean agus riatanasan a gheibhear ann an riaghlaidhean, agus feumaidh Bòrd na Gàidhlig na h-aithisgean sin fhoillseachadh agus a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba. Leis mar a dh'fheumas Bòrd na Gàidhlig aithisgean ullachadh, bidh iad air am brosnachadh gu bhith a' dèanamh sanasachd air deagh dhòighean-obrach agus a' sealltainn eisimpleirean de dh'adhartas fhad 's a bhios iad cuideachd a' comharrachadh raointean is shuidheachaidhean far a bheil leasachadh a dhìth agus a' moladh ghniomhan gus dèiligeadh ri laigsean is beàrnan.

## Planaichean Gàidhlig

23. Tha am Bile a' dèanamh diofar atharraichean air earrainn 3 de dh'Achd 2005 airson phlanaichean Gàidhlig, leithid a bhith a' gabhail ealla ri ro-innleachd na Gàidhlig ùir. Tha an cumhachd gus àithne a thoirt seachad na mheadhan cudromach airson nithean a choileanadh san structair iomlan. Ge-tà, bhite an dùil a chleachdadh gu h-ainneamh agus mar an roghainn mu dheireadh.

24. Thèid ro-innleachd na Gàidhlig fhoillseachadh a thèid an àite a' Phlana Chànain Nàiseanta Ghàidhlig a th' ann an-dràsta. Le sin, thèid, mar a thathar a' miannachadh, an dleastanas ullachaidh a ghluasad bho Bhòrd na Gàidhlig gu bhith air Ministearan na h-Alba. Mar sin, bidh planaichean Gàidhlig nam buidhnean poblach gan dealbhadh a rèir frèam a tha air a chruthachadh fo ùghdarras Mhinistearan na h-Alba. An uair sin, bidh buidhnean poblach na h-Alba a' gabhail ealla ri ro-innleachd nàiseanta na Gàidhlig air a h-ullachadh le Ministearan na h-Alba agus gheibh an ro-innleachd tuilleadh taice bho mar a tha dleastanas air Ministearan na h-Alba gus taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig agus am foghlam sin a chur air adhart.

25. Tha an reachdas seo cuideachd a' dèanamh atharrachadh air earrainn 6 de dh'Achd 2005 a thaobh a bhith a' dèanamh dearcnachadh (no sgrùdadh) air mar a thèid planaichean Gàidhlig a chur an gnìomh. Leis an t-siostam a th' ann an-dràsta, bidh buidhnean a' cur a-steach aithisgean dearcnachaidh bliadhnail airson nam planaichean Gàidhlig aca às dèidh dhaibh iarrtas foirmeil do bhuidheann phoblach fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig. Fon chumha seo, bidh aig buidhnean poblach ri aithris a dhèanamh, gun feitheamh ri iarrtas, do Bhòrd na Gàidhlig air adhartas le coileanadh nam planaichean aca. 'S e a thathar a' miannachadh le seo gum bi buidhnean poblach nas cunntachaile a thaobh na nì iad gus taic a chur ris a' Ghàidhlig agus gus an cànan a chur air adhart – agus sin a' frithealadh air an iarrtas airson barrachd oidhirpean ann an saoghal poblach na h-Alba gus geallaidhean nam planaichean Gàidhlig a choileanadh.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

26. Cuideachd, tha Earrainn 9 a' cur earrainn ùr, 7A, ri Achd 2005 a bheir cumhachd do Mhinistearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach buntainneach a thaobh phlanaichean Gàidhlig, agus àithntean a thoirt do na h-ùghdarrasan sin a thaobh a bhith a' cur nam bun-inbhean agus nan riatanasan an gnìomh, a tha air am mìneachadh ann an riaghlaidhean fo earrainn 2C(1), nuair a tha iad ag ullachadh plana. Tha seo a' dol an àite chumhachdan a bh' aig Bòrd na Gàidhlig a thaobh stiùiridhean ann an earrainn 8 de dh'Achd 2005, tha an earrainn sin a-nis air a h-ais-ghairm.
27. 'S e Bòrd na Gàidhlig a bhios a' foillseachadh Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig an-dràsta. Leis an atharrachadh seo, nithear cinnteach gum bi leithid a stiùireadh air fhoillseachadh le Ministearan na h-Alba, dòigh-obrach a tha nas cumanta, an àite a bhith air fhoillseachadh le buidheann phoblach neo-roinneil. Thathar den bheachd gu bheil feum air a' chumhachd gus àithntean a thoirt seachad airson taic a chur ri ar mion-chànanan dùthchasach ma bhios suidheachadh ann nuair a tha feum air àithne gus amas co-cheangailte ri poileasaidh nàiseanta a choileanadh no gus taic a thoirt do bhuidheann airson gnìomh a tha iad a' moladh a choileanadh.

## Aithris air còraichean is uallaichean fearainn: bithear a' toirt feart do thaic don Ghàidhlig

28. Fo earrainn 1 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016, feumaidh Ministearan na h-Alba aithris air còraichean is uallaichean fearainn ullachadh is fhoillseachadh: aithris air prionnsapalan airson chòraichean is uallaichean fearainn ann an Alba. Tha Earrainn 10 den Bhile a' cur ris an liosta de chùisean dom feum Ministearan na h-Alba feart a thoirt nuair a tha iad ag ullachadh na h-aithrise sin, feumaidh iad a-nis feart a thoirt don mhiann a th' ann gus taic a thoirt don Ghàidhlig agus an cànan a chur air adhart.
29. Seach gu bheil tòrr de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach ann an Alba, bidh cùisean co-cheangailte ri leasachadh a' chànain agus cleachdadh an fhearainn a' dol an lùib a chèile. Chithear sin ann an Aithisg na Buidhne-obrach Geàrr-ùine air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig a chaidh fhoillseachadh o chionn ghoirid. Am measg nam molaidhean san aithisg sin tha gun cuir luchd-seilbh fearainn, ann an coimhearsnachdan Gàidhlig, an cèill agus gun seall iad an taic a tha iad a' toirt don chanan san Aithris aca air Còraichean is Uallaichean Fearainn. Thathar cuideachd a' faicinn an dlùth cheangail eadar cùisean fearainn agus ath-bheothachadh na Gàidhlig san obair a tha Roinn na Gàidhlig is Albais aig Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig air a dhèanamh còmhla ri buidhnean leithid Fearann Coimhearsnachd na h-Alba no urrasan oighreachd. Ged nach eil an reachdas seo a' buntainn ri aithrisean an luchd-seilbh fhearainn, tha e a' dèanamh cinnteach gum bithear a' gabhail ealla ris a' Ghàidhlig gu cunbhalach an lùib chùisean co-cheangailte ri cleachdadh an fhearainn ann an Alba.



Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

## Caibideil 1: Dòighean-obrach eadar-dhealaichte

30. Chuir Ministearan na h-Alba aonta ris na geallaidhean a rinneadh ann am manifesto ann 2021, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt Bile nan Cànan Albannach a-steach, agus an lùib sin chaidh beachdachadh air dòighean-obrach is dòighean-smaoineachaidh eadar-dhealaichte airson raointean cudromach leithid inbhe a' chànain, uallaichean Bhòrd na Gàidhlig, planaichean Gàidhlig agus sgìrean cànan sònraichte. Chaidh beachdachadh orra gu h-ìosal.

### Inbhe nan cànan

31. Thathar a' cur cudrom air seasamh is inbhe a h-uile mion-chànain sna dùthchannan is roinnean dom buin iad. An àite a bhith a' toirt seachad aithris fhoillsichte air inbhe, bha Riaghaltas na h-Alba den bheachd, gun gabhadh am miann airson inbhe nas fheàrr a choileanadh, gu ìre, leis na cumhaichean a tha sa Bhile seo. Bidh reachdas a' Bhile a' cruthachadh structair nas làidire airson nan cànan seo agus a' toirt piseach nach beag air an taic a tha ri faotainn dhaibh. Cuideachd, bheir na ceumannan seo buaidh mhath air inbhe nan cànan. Ge-tà, nuair a chaidh beachdachadh air freagairtean don cho-chomhairleachadh, bha daoine a' nochdadh miann làidir gum bu chòir aithris shoilleir cuideachd a bhith sa Bhile air inbhe nan cànan. Tha sin ann a-nis agus fhuaras taic le sin bho chòmhradh le riaghaltasan eile mu phoileasaidhean mion-chànain.

### Bòrd na Gàidhlig

32. Chaidh beachdachadh air dòighean-obrach eadar-dhealaichte airson Bhòrd na Gàidhlig agus air na ceanglaichean a th' aca ris an Riaghaltas, a' gabhail a-steach mar a tha inbhe buidheann-ghnìomh an riaghaltais orra. Às dèidh nan còmhradh sin, chaidh co-dhùnadh a dhèanamh gun robh e feumail buidheann phoblach, leth-cheangailte a bhith ann aig a bheil dleasan fathast gus taic a thoirt seachad agus an cànan a chur air adhart agus air a bheil uallaichean dearcnachaidh. Ged a tha Coimiseanair Cànan ann an dùthchannan eile, tha an co-theacsa aca eadar-dhealaichte. Nuair a chuir a' Chuimrigh Coimiseanair Cànan an dreuchd, chaidh obair Bhòrd na Cuimris a thoirt crìch. Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, tha feum ann fathast ann an Alba air buidheann phoblach Ghàidhlig le uallaichean airson an cànan a chur air adhart agus thig buannachdan bho sin. A thaobh sin, chaidh beachdachadh air coimiseanair cànan airson Alba, mar a th' aca sa Chuimrigh agus ann an Èirinn, ach cha deach an structair ùr sin a mholadh do Mhinistearan na h-Alba.

33. Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, thig buannachdan bhuaithe ma tha Bòrd na Gàidhlig fathast a' toirt taic seachad agus a' cur a' chànain air adhart fhad 's a nì iad dearcnachadh air gnìomhan is obair Ghàidhlig. Ge-tà, chaidh ceumannan a ghabhail sa Bhile gus dleasan BhnG a thaobh dearcnachaidh is aithisgean a neartachadh gus dèanamh cinnteach gum bi ìrean coileanadh nas fheàrr ann a thaobh phrìomhachasan is gheallaidhean Gàidhlig.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

## Sgìrean Cànan Sònraichte

34. A thaobh taic don Ghàidhlig, chaidh beachdachadh air 'Gàidhealtachd' no sgìrean 'Gàidhealtachd' a chruthachadh. 'S e sgìre stèidhichte air pàirt sònraichte den tìr a bhiodh innte, 's dòcha coltach ris a' mhodail a th' aca ann an Èirinn, far a bheil àireamh bhrioghmhor de luchd-labhairt na Gàidhlig agus far am bite a' sùileachadh gum bite a' cur cheumnan an sàs mar thaic don chànan. Ged a tha an t-ainm a' Ghàidhealtachd aithnichte ann an Alba mar ainm eachdraidheil airson pàirt de dh'Alba, cha deach a chleachdadh riamh mar fhacal le ciall shònraichte an lùib phoileasaidhean.

35. Às dèidh dhuinn co-chomhairleachadh a chumail, agus còmhraidhean a chumail le riaghaltasan eile, agus beachdachadh air suidheachadh na Gàidhlig ann an Alba, cha robh gu leòr taice ann dha seo mar am prìomh mhodail agus poileasaidh airson a' Bhile seo. B' e an teachdaireachd a bu làidire a thàinig bhon cho-chomhairleachadh agus am prìomhachas a b' fheàrr le daoine a thaobh phoileasaidhean gun robh Gàidhlig na cànan airson Alba air fad agus bu chòir ceumnan a chur an sàs gus taic a thoirt don Ghàidhlig an dà chuid ann am bailtean agus ann an coimhearsnachdan eileanach. Tha tòrr a' dol adhart a thaobh na Gàidhlig agus ionnsachadh na Gàidhlig ann am bailtean is bailtean-mòra. Tha sin a' cur ris an iomairt gus taic a chur ris a' Ghàidhlig agus cha tigeadh mòran bhuanachdan bho phoileasaidh cumhang airson sgìrean Gàidhealtachd a dh'fhaodadh dìmeas a dhèanamh air cho cudromach 's a tha na nithean sin a tha a' tachairt sna bailtean. Thathar air gabhail ris an fheallsanachd gum bu chòir taic a thoirt don Ghàidhlig air feadh Alba, agus an lùib sin bidh cothrom air taic cho-rèireach a thoirt seachad, a rèir suidheachadh a' chànan ann an diofar sgìrean.

36. Le bhith a' gabhail ris an abairt, sgìrean cànan sònraichte, agus an fheallsanachd air cùl na h-abairt sin, bha roghainnean eadar-dhealaichte ann air am b' fheudar beachdachadh a thaobh cò ris a bhiodh e an urra na sgìrean seo a chomharrachadh. Chaidh beachdachadh is measadh a dhèanamh air diofar dhaoine, leithid Mhinistearan na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, agus às dèidh na h-obrach measaidh sin chaidh co-dhùnadh a dhèanamh gum biodh cumhaichean a' Bhile a' fàgail dleastanas comharrachaidh air ùghdarrasan ionadail seach gur iad as fhaisge air na coimhearsnachdan air an toir seo buaidh agus seach gu bheil iad a' libhrigeadh sheirbheisean sna sgìrean sin mu thràth. Cha bhiodh ceangal cho dlùth aig buidhnean eile, leithid na feadhna air an tugadh iomradh gu h-àrd, ris na sgìrean air a bheilear a' beachdachadh.

## Planaichean Gàidhlig

37. Chaidh beachdachadh cuideachd air dòighean-obrach eadar-dhealaichte airson phlanaichean Gàidhlig agus am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig. Tha fios aig Riaghaltas na h-Alba gu bheil draghan aig cuid a dhaoine mu cho èifeachdach 's a tha na planaichean Gàidhlig. Bha luchd-freagairt sa cho-chomhairleachadh a bha den bheachd nach eil mòran feum san obair a tha ga dèanamh co-cheangailte ri Planaichean Gàidhlig. Aig an aon àm, bha luchd-freagairt eile ann a bha ag iarraidh

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

gum biodh geallaidhean nas làidire ann agus gun tigeadh piseach air ìrean coileanaidh nam planaichean Gàidhlig. Ge-tà, tha planaichean Gàidhlig freumhaichte ann am beatha phoblach na h-Alba, tha iad a' cuideachadh le adhartas don Ghàidhlig agus tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gum bu chòir na planaichean a chumail. Thèid ro-innleachd na Gàidhlig ullachadh le Ministearan na h-Alba a thèid an àite a' Phlana Chànain Nàiseanta Ghàidhlig agus bidh an Ro-innleachd sin cudromach airson nam prìomhachasan is nan geallaidhean a bhios sna planaichean Gàidhlig.

## Caibideil 1: An Co-chomhairleachadh

38. Cha deach ceist shònraichte a chur mu inbhe oifigeil na Gàidhlig no na h-Albais sa cho-chomhairleachadh. Ge-tà, chaidh a ràdh ann am pàipear a' cho-chomhairleachaidh gun gabhadh Bile nan Cànan Albannach "tuilleadh cheumannan gus taic a thoirt don Ghàidhlig, gus gnìomhan a dhèanamh airson na h-Albais agus gus aithne a thoirt do mar a tha comann-sòisealta ioma-chànanach ann an Alba." Rinneadh follaiseach am measg nam freagairtean don cho-chomhairleachadh gun robh daoine airson gum faigheadh Gàidhlig aithne oifigeil ann an Alba, agus a' chuid a bu mhotha de na freagairtean leis a' bheachd sin a' tighinn bho luchd-labhairt a' chànain. Bhathar den bheachd gun cuireadh leithid a dh'aithne ri cliù a' chànain agus gun toireadh e barrachd taice don obair phractaigich a tha ga dèanamh às a leth. Chuir aon neach-freagairt am beachd sin an cèill agus iad ag ràdh gun cuireadh leithid a cheum ri seasamh na Gàidhlig sa bheatha phoblaich: "Tha mi a' smaoinneachadh gur e dòigh fìor mhath dèiligeadh ri sin, Gàidhlig a stèidheachadh mar chànan oifigeil ann an Alba, gus am biodh an aon seòrsa dìona oirre agus an aon seòrsa bharantasan ann airson foghlaim 's a gheibhear sa Chuimrigh airson Cuimris, agus ann am Poblachd na h-Èireann airson Gaeilge. Cuideachd, bhiodh am poball na bu mhothachaile air cho cudromach 's a tha an cànan."

## Bòrd na Gàidhlig

39. Sa cho-chomhairleachadh chaidh iarraidh air luchd-freagairt beachdan a thoirt seachad air dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig an-dràsta, ciamar a b' urrainn dhaibh a bhith nas èifeachdaiche, agus air atharraichean air structair a' Bhùird a neartaicheadh an obair gus taic a thoirt don Ghàidhlig agus an cànan a chur air adhart ann an Alba.

40. Sna freagairtean don cho-chomhairleachadh, bha luchd-freagairt ag iarraidh gum b' urrainn do Bhòrd na Gàidhlig barrachd buaidhe a thoirt air co-dhùnaidhean a thaobh mar a thèid Gàidhlig a chur air adhart. Bidh mar a bheir am Bile guth nas làidire don bhuidhinn, agus barrachd cumhachd gus buaidh a thoirt air cùisean, a' frithealadh air an iarrtas sin gu ìre. Bha luchd-freagairt cuideachd mothachail air na duilgheadasan a bh' aig Bòrd na Gàidhlig air sgàth 's gu bheil aca ri an cuid stòrasan a chosg mu choinneimh a bhith a' cur a' chànain air adhart, obair riaghlaidh agus obair cho-èigneachaidh. Thuir aon neach-freagairt gu bheil "Bòrd na Gàidhlig a' feuchainn ri cus a dhèanamh gun gu leòr aca. Thathar a' cosg tòrr ùine is airgid air planaichean Gàidhlig agus chan urrainn do BhnG sùil a chumail

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

orra. Tha argamaid ann airson buidheann fa leth a nì riaghladh air planaichean agus sin a' phrìomh obair aca." B' ann bu mhotha bho bhuidhnean coimhearsnachd a fhuaras na beachdan sin agus bho dhaoine fa leth aig an robh ùidh sa chànan, cha d' fhuaras mòran bheachdan mar sin bho bhuidhnean poblach.

41. Tha mar a tha am Bile a' fàgail dleastanas riaghlaidh air Ministearan na h-Alba a' leigeil le Bòrd na Gàidhlig a bhith ag obair gu h-àraidh gus an cànan a chur air adhart agus gus obair cho-èigneachaidh a choileanadh, agus mar thoradh air sin bidh dòighean-obrach nas èifeachdaiche aig a' Bhòrd. Tha cumhaichean reachdail ann a bhios 's dòcha a' ciallachadh gum bi nas lugha uallaichean obrach air BnG agus nam measg tha mar a bhios Ministearan na h-Alba a' gabhail uallach os làimh airson ro-innleachd na Gàidhlig agus bun-inbhean Gàidhlig agus mar a bhios Pàrlamaid na h-Alba an sàs san obair gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ri reachdas.

## Planaichean Gàidhlig

42. B' e gearan eile a bh' aig buidhnean coimhearsnachd, gun robh e na chleachdadh do bhuidhnean aig an robh planaichean Gàidhlig a bhith ag obair leotha fhèin fa leth cho chàch. Bhathar a' faireachdainn gun robh feum air barrachd co-obrachaidh thar nan roinnean poblach is prìobhaideach. Bha an fheadhainn a thog an gearan seo cuideachd den bheachd gum bu chòir aire a thoirt, an lùib leasachadh na Gàidhlig, do na diofar fheumalachdan a thaobh a' chànan ann an diofar phàirtean de dh'Alba agus ann an diofar roinnean sòisealta. Bha an fhreagairt seo feumail leis mar a bha i a' toirt iomradh air diofar phàirtean de shealladh a chaidh a chur an cèill le diofar dhaoine sa cho-chomhairleachadh: "Bu chòir prògram leasachaidh ùr a stèidheachadh airson na Gàidhealtachd agus nan Eilean air fad agus airson Alba air fad a thèid a chur an gnìomh le Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean leasachaidh eile gus dèiligeadh ris an dòigh-smaoineachaidh sin an lùib leasachadh na Gàidhlig far a bheil daoine ag obair air an ceann fhèin agus bu chòir tuigse a bhith ann gu bheil taic airson a' Ghàidhlig a chur air adhart agus a dhìon an urra ri tòrr a bharrachd na dìreach am Bòrd." Le ro-innleachd na Gàidhlig, bun-inbhean Gàidhlig agus sgìrean cànan sònraichte, bithear a' brosnachadh co-obrachadh nas dlùithe far am bithear a' cur barrachd cuideim air feumalachdan sònraichte gach sgìre.

43. Dh'fhaodar a ràdh gu bheil prògraman a th' ann a-cheana, leithid Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba agus an iomairt aca Adhartas nas Luaithe, a' frithealadh, gu ìre co-dhiù, air a' mhiann airson prògram leasachaidh na Gàidhlig airson "na Gàidhealtachd agus nan Eilean air fad" no "Alba air fad". Ach cuideachd, tha am Bile ag amas air barrachd comais a thoirt do bhuidhnean poblach gus poileasaidhean Gàidhlig a dhealbhadh a fhreagras air na sgìrean air a bheil iad a' frithealadh agus a fhreagras air na dleastanasan proifeiseanta aca, tro bhun-inbhean is stiùiridhean a dh'fhoillsicheas Ministearan na h-Alba.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

44. Ri linn seo, bidh e comasach do Bhòrd na Gàidhlig, leis na dleastanasan dearcnachaidh a bharrachd aca, sealladh nas fharsainghe agus nas iomlaine a thoirt seachad air saoghal phoileasaidhean na Gàidhlig agus bidh barrachd conaltraidh ann eadar buidhnean poblach agus bidh seo mar mheadhan air fuasgladh fhaighinn air an t-suidheachadh far a bheil cuid a bhuidhnean a tha an sàs ann an leasachadh na Gàidhlig ag obair air an ceann fhèin. Le bhith a' fàgail dleastanas air buidhnean poblach aithisgean a chur gu Bòrd na Gàidhlig, gun feitheamh ri iarrtas, air cur-an-gnìomh nam planaichean Gàidhlig aca, tha e na amas dèanamh cinnteach gum bi buidhnean poblach na h-Alba a' dèanamh obair nas èifeachdaiche gus Gàidhlig a chur air adhart – agus cha bhi uiread uallaich air Bòrd na Gàidhlig fhèin a thaobh seo.

45. Bha e cudromach do luchd-freagairt a' cho-chomhairleachaidh gum biodh Bòrd na Gàidhlig gu follaiseach an sàs san iomairt gus Gàidhlig a chur air adhart agus gum b' urrainn dhaibh buidhnean eile a dhèanamh cunntachail airson na bhios iad a' dèanamh gus Gàidhlig a chur air adhart. A rèir aon neach-freagairt, a bha den bheachd seo, “tha coltas ann nach eil mòran aig Bòrd na Gàidhlig ri innse dhuinn. Le bhith ga neartachadh ... chuireadh sin ri comasan co-obrachaidh agus adhbhar na buidhne.” Tachraidh sin, le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Plana Corporra a' Bhùird a' sealltainn gu soilleir dè na gnìomhan is uallaichean a bhios aca a thaobh ro-innleachd na Gàidhlig aig Ministearan na h-Alba. Seach nach bi Bòrd na Gàidhlig ag ullachadh taghadh de phrìomhachasan airson na Gàidhlig tuilleadh mar a bha sa Phlana Chànain Nàiseanta Ghàidhlig, bidh an reachdas seo a' ciallachadh gum bi aithris phoblach ann air prìomhachasan BhnG, agus bidh e a' dèanamh ceangal ri ro-innleachd na Gàidhlig agus bidh aithris shoilleir ann a thaobh dè bu chòir do mhinistearan a bhith a' sùileachadh bho Bhòrd na Gàidhlig.

## Gàidhealtachd

46. A thaobh a' gheallaidh sa mhanifesto a thaobh sgìrean Gàidhealtachd, sa cho-chomhairleachadh chaidh iarraidh air luchd-freagairt beachdan a thoirt seachad air na ceumannan a bu chòir a ghabhail mar thaic do luchd-labhairt na Gàidhlig ann an sgìrean le àireamh bhrioghmhor de luchd-labhairt; ciamar a bu chòir na sgìrean seo a bhith air an sònrachadh; agus ciamar a ghabhadh leithid a cheumannan is sònrachaidhean a chur an sàs fhad 's a bhathar fhathast a' cumail ris a' phrionnsapal gur e cànan nàiseanta a th' anns a' Ghàidhlig airson a h-uile duine ann an Alba.

47. Bha cuid a luchd-freagairt sa cho-chomhairleachadh ag iarraidh gum biodh barrachd taice cuimsichte ann airson na Gàidhlig, gu h-àraidh ann an sgìrean eileanach. Bha beachd ann cuideachd gum bu chòir, leis an taic sin, a bhith a' gabhail ealla ri cùisean sòisealta is eaconamach eile, leithid taigheadais is chosnaidhean, a bhios a' toirt buaidh air a' chànan aig ìre na coimhearsnachd. Ge-tà, bhathar cuideachd gu làidir den bheachd nach bu chòir leithid a thaic inbhe na Gàidhlig a lagachadh mar chànan nàiseanta airson muinntir na h-Alba air fad agus nach bu chòir dhi sgaradh adhbharachadh eadar luchd-labhairt aig a bheil Gàidhlig mar chiad chànan agus an fheadhainn aig a bheil i mar dàrna cànan no sgaradh a

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

dhèanamh eadar luchd-labhairt sna coimhearsnachdan eileanach agus an fheadhainn ann am meadhan na h-Alba.

48. Leis na co-dhùnaidhean poileasaidh a tha air cùl an reachdais airson sgìrean cànan sònraichte, chaidh oidhirp a dhèanamh gus cothromachadh fhaighinn eadar na beachdan sin. Cuideachd, chaidh ealla a ghabhail ri beachdan is fiosrachadh eile leithid molaidhean na Buidhne-obrach Geàrr-ùine air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig. Chaidh an aithisg sin a bharantachadh le Ministearan na h-Alba agus thug i iomradh air Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig mar mheadhan poileasaidh cudromach gus prìomhachas a chur air nithean sònraichte co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan. Chaidh co-dùnadh a dhèanamh, air adhbharan poileasaidh, sgìrean cànan sònraichte a chleachdadh an àite Gàidhealtachd no prìomh choimhearsnachdan Gàidhlig, thoradh faodaidh sgìrean cànan sònraichte a bhith a' buntainn ri taghadh farsaing de sgìrean, chan ann dìreach ri sgìrean le slugh beag air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan. B' e seo aon dragh a chaidh a thogail grunn thursan sa cho-chomhairleachadh.

49. B' e beachd cumanta a chunnacas sa cho-chomhairleachadh gum feum poileasaidhean Gàidhlig oifigeil barrachd feart a thoirt do leasachaidhean aig ìre na coimhearsnachd – gu h-àraidh a thaobh obair Bhòrd na Gàidhlig. Le bhith a' stèidheachadh sgìrean cànan sònraichte, bidh frèam coimhearsnachd ann tron gabh planadh cànan airson na Gàidhlig a chur an sàs. Bhathar riamh a' gabhail ris an lùib leasachadh na Gàidhlig gum bu chòir poileasaidhean a chur an sàs a rèir na tha freagarrach airson gach sgìre no buidheann, oir chan eil e coltach gum bu chòir an aon seòrsa poileasaidh a thaobh na Gàidhlig a chur an sàs, mar eisimpleir, airson Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Chrìochan na h-Alba.

50. Tha am poileasaidh co-rèireach seo a thaobh na tha freagarrach air a bhith aithnichte riamh an lùib na h-obrach gus Gàidhlig a chur air adhart agus leasachadh a' chànain, ach cha deach gabhail ris riamh mar phoileasaidh foirmeil. A' togail air na geallaidhean sa mhanifesto agus na freagairtean sa cho-chomhairleachadh, thathar a' fighe a' phoileasaidh cho-rèireach a-steach do leasachadh na Gàidhlig, ach gun a bhith a' lagachadh na h-iomairte nàiseanta gus Gàidhlig a chur air adhart air feadh na h-Alba.

## Ro-innleachd na Gàidhlig

51. Bha iarrtas ann bho luchd-freagairt a' cho-chomhairleachaidh airson ro-innleachd nàiseanta na Gàidhlig a bhiodh mar mheadhan air dòighean-obrach nas aonaichte a chur an sàs airson leasachadh a' chànain air feadh na dùthcha. Tha grunn math de luchd-ùidhe na Gàidhlig a' miannachadh an aon rud agus chualas sin gu tric thar nan trithead bliadhna a dh'fhalbh agus ron sin. Bha luchd-freagairt sa cho-chomhairleachadh a' bruidhinn air molaidhean gus dòighean-obrach ro-innleachdail nàiseanta a stèidheachadh airson foghlam tron Ghàidhlig agus gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air structair is uallaichean Bhòrd na Gàidhlig. B' e am

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

beachd a bu shoilleire a fhuaras a thaobh an iarrtais seo, na thuir aon neach-freagairt: “Feumaidh Bile nan Cànan Albannach ro-innleachd nàiseanta na Gàidhlig a thoirt dhuinn airson an ath 25 bliadhna – Lèirsinn shoilleir airson a’ chànain a bhios na bhrosnachadh do mhac-meanma a’ phobaill – air a stiùireadh le ministearan agus sa bheil e soilleir dè tha Riaghaltas na h-Alba a’ sùileachadh.”.

52. A dh’aindeoin an amais seo airson na h-ùine-fada a fhuaras bho neach-freagairt, tha clàr-ama nas giorra sa Bhile gus am bi barrachd sùbailteachd ann leis an ro-innleachd agus gus an urrainn dhi ealla a ghabhail ri atharraichean sam bith. Tha an cumha airson ro-innleachd ag amas air frithealadh air cuid de na nithean a bha fa-near do dhaoine leis an iarrtas seo – gu h-àraidh mar a tha feum air lèirsinn airson na h-ùine-fada airson cor na Gàidhlig a bhios fo sheula agus a thig le ùghdarras Mhinistearan na h-Alba.

53. Ge-tà, bha luchd-freagairt cuideachd a’ toirt aithne don eòlas mhòr a th’ aig Bòrd na Gàidhlig air leasachadh a’ chànain agus don obair phrìseil a rinn iad ann a bhith a’ cur na Gàidhlig air adhart ann an roinn an fhoghlaim. Mar eisimpleir, san fhreagairt aca thug Oilthigh Ghlaschu iomradh air “an obair ionmholta a bhios Bòrd na Gàidhlig a’ dèanamh, buidheann leth-char beag aig a bheil luchd-obrach dìcheallach is dealasach. Tha iad air taic air leth luachmhor a thoirt don Oilthigh nuair a bha sinn a’ dealbh ar treas Plana Gàidhlig o chionn ghoirid.”

## Coimiseanair Cànan

54. Bha cuid a luchd-freagairt a’ moladh dreuchd ùr a stèidheachadh, Coimiseanair Cànan. Bhiodh sin, gu ìre, a’ stèidheachadh an aon seòrsa dreuchd a gheibhear sa Chuimrigh agus ann an Èirinn. Bha luchd acadaimigeach agus buidhnean coimhearsnachd a’ moladh seo. Bha diofar bheachdan aig na daoine a mhol an dreuchd seo, le cuid den bheachd gum bu chòir don Choimiseanair Chànain a dhol an àite Bhòrd na Gàidhlig agus cuid eile a’ moladh gum chòir don Choimiseanair Chànain a bhith ann a thuilleadh air Bòrd na Gàidhlig. Bhiodh cumhachdan aig leithid a neach-dreuchd gus sùil a chumail air mar a tha buidhnean poblach a’ cumail ris na dleastanasan aca a thaobh taic don Ghàidhlig. Le seo, bhite a’ dèanamh cinnteach gum biodh buidhnean cunntachail a thaobh a bhith a’ cumail ri ro-innleachd nàiseanta na Gàidhlig. Bha luchd-freagairt eile den bheachd gum bu chòir Bòrd na Gàidhlig a bhith a’ dèanamh sin – gu h-àraidh a thaobh foghlam tron Ghàidhlig.

55. Le dreuchd a’ choimiseanair, bhiodh iad ag obair mar ombudsman, agus iad a’ dèanamh rèiteachadh eadar an ro-innleachd cànan nàiseanta agus mar a thèid sin a choileanadh le ùghdarrasan ionadail. B’ e an dòigh-obrach air a bheil iomradh aig deireadh a’ pharagraf gu h-àrd an tè a chaidh a roghnachadh airson a’ Bhile a rèir na tha a’ tachairt ann an Alba. Ged a chaidh coimiseanair a chur an dreuchd ann an dùthchannan eile, tha co-theacsa eadar-dhealaichte ann an Alba. Nuair a chuir a’ Chuimrigh Coimiseanair Cànan an dreuchd, bha obair Bhòrd na Cuimris air tighinn gu crìch. Ann an Alba, mar a chaidh a ràdh ann am paragraf 32 gu h-àrd, tha

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

e feumail fhathast buidheann phoblach Ghàidhlig a bhith ann aig a bheil dleastanasan gus Gàidhlig a chur air adhart agus air a bheil uallaichean dearcnachaidh.

56. Chaidh iarraidh gum biodh ùghdarrasan ionadail nas fheàrr air Gàidhlig a chur ar adhart agus a chleachdadh an lùib na h-obrach aca. Bhathar a' miannachadh gum biodh barrachd cunntachalachd ann a thaobh mar a chuireas ùghdarrasan ionadail amasan na ro-innleachd cànan nàiseanta agus nam planaichean cànan ionadail an gnìomh agus mar a thèid maoineachadh buntainneach a chosg. Thuirt luchd-freagairt cuideachd gum bu chòir do na h-àithntean seo tighinn bho mhinistearan. Tha reachdas sa Bhile airson seo a tha a' fàgail dhleastanasan air ùghdarrasan poblach buntainneach gus beachdachadh air cur-air-adhart na Gàidhlig agus taic don chànan nuair a tha iad a' coileanadh an cuid uallaichean. Thèid seo a neartachadh le stiùiridhean is àithntean a thèid fhoillseachadh le Ministearan na h-Alba a thaobh dhleastanasan nam buidhnean poblach airson na Gàidhlig.

57. A thuilleadh air na dleastanasan a th' air Bòrd na Gàidhlig an-dràsta, chaidh a mholadh gum bu chòir planaichean Gàidhlig a bhith ann a tha air an dealbh a rèir co-theacsa sònraichte agus feumalachdan ùghdarrasan fa leth. Ghabhadh seo dèanamh le Ministearan na h-Alba a bhith a' gabhail os làimh nan dleastanasan stiùiridh a th' air Bòrd na Gàidhlig an-dràsta. B' urrainn do Mhinistearan na h-Alba an uair sin iarraidh ùghdarrasan bun-inbhean sònraichte a choileanadh sna planaichean Gàidhlig aca, a thaobh a' cho-theacsa sa bheilear a' cur nam planaichean an gnìomh. Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, thèid seo a chur air dòigh tro stiùiridhean is àithntean a dh'fhoillsicheas Ministearan na h-Alba.

58. Chaidh ealla a ghabhail ri nithean eile a bharrachd air a' cho-chomhairleachadh oifigeil ann a bhith a' dealbh reachdas a' Bhile. Mar phàirt de sin, chaidh ealla a ghabhail gu h-àraidh ri Aithisg na Buidhne-obrach Geàrr-ùine air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig. Am measg nam molaidhean aca bha "gun cuir luchd-seilbh fearainn an cèill agus gun seall iad an taic a tha iad a' toirt don chanan san aithris aca air Còraichean is Uallaichean Fearainn". Chaidh a mholadh gu h-àraidh, gum bu chòir dhaibh fianais a thoirt seachad air pròiseactan is iomairtean bhom faighear builean sòisealta is eaconamach don Ghàidhlig. Ged nach eil earrainn 10 a' buntainn ri luchd-seilbh, tha i a' frithealadh, gu ìre, air a' mhiann gum bithear a' gabhail ealla ris a' Ghàidhlig an lùib chùisean co-cheangailte ri cleachdadh an fhearainn ann an Alba

## **Caibideil a Dhà: Foghlam**

Dleastanas aig Ministearan na h-Alba foghlam Gàidhlig a chur air adhart is taic a thoirt dha

59. Tha Earrainn 11 den Bhile a' cur earrainn ùr, 6A, ri Achd 2016. Tha seo a' fàgail dleastanas air Ministearan na h-Alba far am feum iad a bhith a' cur air adhart



Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

agus a' toirt taic do dh'fhoghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus foghlam tron Ghàidhlig ann an sgoiltean agus teagasg na Gàidhlig ann am foghlam adhartach aig ùghdarrasan foghlaim.

60. Chunnacas adhartas nach beag a thaobh foghlam tron Ghàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ri linn oidhirpean nan ùghdarrasan ionadail. Thèid togail air sin leis na dòighean-obrach ro-innleachdail nàiseanta ùra a thèid a stèidheachadh leis a' Bhile. Thèid dleastanas fhàgail air Ministearan na h-Alba a bhith a' cur air adhart, a' cuideachadh le agus a' toirt taic do dh'fhoghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig is foghlam tron Ghàidhlig ann an sgoiltean agus teagasg na Gàidhlig ann am foghlam adhartach aig Ùghdarrasan Foghlaim. Bidh an dleastanas seo aig Ministearan na h-Alba a' cur ri agus a' togail air obair ùghdarrasan foghlaim fa leth mar phàirt de ro-innleachd cànan nàiseanta agus cuidichidh e ùghdarrasan ionadail gus dèiligeadh ris na dùbhlain a tha romhpa an-dràsta a thaobh an t-solair aca airson foghlam tron Ghàidhlig, foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus foghlam adhartach Gàidhlig.

### Cumhachd aig Ministearan na h-Alba gus bun-inbhean a stèidheachadh airson foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean

61. Tha Earrainn 12 den Bhile a' cur earrainn ùr, 6B, ri Achd 2016. Tha seo a' toirt cumhachd do Mhinistearan na h-Alba gus riaghlaidhean a stèidheachadh tron urrainn dhaibh na bun-inbhean agus na riatanasan a shònrachadh ris am feum ùghdarras foghlaim cumail ann a bhith a' coileanadh a chuid uallaichean a thaobh foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus foghlam tron Ghàidhlig agus teagasg na Gàidhlig ann am foghlam adhartach a tha iad a' toirt seachad.

62. Nuair a tha iad ag ullachadh nan riaghlaidhean, feumaidh Ministearan na h-Alba co-chonaltradh a dhèanamh ris an luchd-ùidhe ainmichte ann am fo-earrainn (4). Faodar le riaghlaidhean reachdas eadar-dhealaichte a dhèanamh airson adhbharan eadar-dhealaichte agus sgìrean eadar-dhealaichte (a' gabhail a-steach diofar phàirtean de sgìre ùghdarras foghlaim) agus tha iad fo rian a' mhodha-obrach dhiùltach. Ged a rinneadh adhartas math le foghlam Gàidhlig thuige seo, le bhith a' stèidheachadh bhun-inbhean, thèid dèiligeadh ri grunn chùisean a tha air am faicinn mar chnapan-starra do dh'adhartas le foghlam tron Ghàidhlig agus nì iad soilleir do phàrantan dè bu chòir dhaibh a bhith a' sùileachadh nuair a thòisicheas neach òg ann am foghlam tron Ghàidhlig. San fharsaingeachd, tha na leanas am measg nan cùisean a bhiodh air am meas mar chùisean ris am feumar dèiligeadh ann am FtG/FLI. Cothroman air FtG agus ùghdarrasan ionadail a' cur FtG air adhart; FtG mar dhòigh-oideachaidh 3-18 agus leantalachd ann am FtG; an roghainn de chuspairean ann am FtG; na nithear a thaobh a' churraicealaim is mheasaidhean; a' trusadh is a' gleidheadh thidsearan FtG, agus greisean-obrach is ionnsachadh proifeiseanta dhaibh; taic is goireasan do thidsearan is sgoilearan; 0-3, solar nan tràth-bhliadhnaichean is togail a' chànain; meud nan clasaichean; luchd-taice cànan; bogadh is fileantachd; a' gabhail ealla ri FtG nuair a thathar a' stèidheachadh amasan nàiseanta; FtG mar phàirt de phlanadh is aithrisean nan

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

sgoiltean far a bheil FtG ga thoirt seachad; foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig gach ìre; agus a' stèidheachadh dhòighean san urrainn do bhuidhnean nàiseanta a bhith obair nas fheàrr còmhla gus taic a thoirt do FtG is FLI. Tha cuid dhiubh seo san Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig agus cuideachd thèid dèiligeadh riutha tro Bhun-inbhean agus an Ro-innleachd.

### Stiùireadh do dh'ùghdarrasan poblach air foghlam Gàidhlig

63. Tha Earrainn 13 den Bhile a' cur earrainn ùr, 6C, ri Achd 2016, a bheir cumhachd do Mhinistearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach buntainneach (mar a tha iad air am mìneachadh fo fho-earrainn (5), gus a bhith co-chòrdail ris a' mhìneachadh ann an Achd 2005) co-cheangailte ri foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus foghlam tron Ghàidhlig. Cuidichidh stiùireadh le bhith a' foillseachadh barrachd fiosrachaidh air mar a thèid na cumhachan reachdail seo a chur an gnìomh agus feumaidh Ministearan na h-Alba co-chonaltradh a dhèanamh ri daoine le com-pàirt no ùidh ann an cùisean nuair a tha iad ag ullachadh stiùireadh.

64. Tha stiùireadh reachdail ann airson foghlam Gàidhlig mu thràth. Ge-tà, tha am Bile ag atharrachadh ùghdar an stiùiridh – bidh Ministearan na h-Alba a' gabhail os làimh a' chumhachd a th' aig Bòrd na Gàidhlig an-dràsta. Le sin, bithear a' cumail ris a' phròiseas nas cumanta far am bi Ministearan na h-Alba a' foillseachadh stiùireadh reachdail an àite Buidhnean Phoblach Neo-roinneil. Le seo, 's urrainn don stiùireadh reachdail ealla a ghabhail ri comhairle is eòlas practaigeach bho dhiofar raointean agus 's urrainnear atharraichean ann an diofar raointean poileasaidh san fharsaingeachd a thoirt fa-near.

### Àithntean do dh'ùghdarrasan foghlaim a thaobh foghlam Gàidhlig

65. Tha Earrainn 14 den Bhile a' cur earrainn ùr, 6D, ri Achd 2016, a bheir cumhachd do Mhinistearan na h-Alba gus àithntean a thoirt do dh'ùghdarrasan foghlaim a thaobh mar a choileanas an cuid uallaichean fo Phàirt 2 de dh'Achd 2016 co-cheangailte ri foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus foghlam tron Ghàidhlig.

66. Ged a tha mar a thèid foghlam a lìbhrigeadh an urra ri ùghdarrasan ionadail, ann an roinn mion-chànain leithid foghlam tron Ghàidhlig, dh'fhaodadh suidheachaidhean a bhith ann far am biodh cumhachd gus àithntean a thoirt seachad feumail no riatanach airson amas poileasaidh nàiseanta a thoirt gu buil no mar thaic do ghnìomh sònraichte.

### Tha an dleastanas coitcheann gus foghlam a thoirt seachad a' gabhail a-steach foghlam Gàidhlig

67. Tha Earrainn 15 den Bhile a' dèanamh atharrachadh air Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 gus am bi e soilleir gum faodadh an dleastanas a th' air ùghdarras foghlaim, gus foghlam sgoile freagarrach is èifeachdach a chur air dòigh airson

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

sgìre an ùghdarras, a bhith a' gabhail a-steach foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus foghlam tron Ghàidhlig. Cha bhi seo a' buntainn dìreach ri sgìrean le luchd-labhairt na Gàidhlig tuilleadh. Cuideachd, cha bhi teagasg na Gàidhlig, mar phàirt de dhleastanas an ùghdarras fhoghlaim gus foghlam adhartach a thoirt seachad, dìreach a' buntainn ri sgìrean le luchd-labhairt na Gàidhlig tuilleadh. Tha an cumha seo cuideachd a' dèanamh atharrachadh a tha cudromach do dh'inbhe na Gàidhlig.

68. San earrainn seo, thathar ag aithneachadh gu bheil atharraichean nach beag air tighinn air far a bheil coimhearsnachdan luchd-labhairt na Gàidhlig suidhichte ann an Alba bho chaidh Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 a thoirt a-steach. Tha sluagh na Gàidhlig a-nis air a roinn, cha mhòr gu ìre cho-ionann, eadar sgìrean Gàidhlig traidiseanta ann an sgìrean Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus na coimhearsnachdan Gàidhlig taobh a-staigh sgìrean Comhairle Baile Ghlaschu agus Comhairle Baile Dhùn Èideann agus ùghdarrasan ionadail eile. 'S ann sna sgìrean mu dheireadh sin a chithear cuid de leudachaidhean as motha a thaobh a' chànain agus tha e deatamach ma tha an cànan a' dol a mhaireachdainn gum bi cothroman air gach seòrsa foghlaim Ghàidhlig sna sgìrean sin. Tha an cumha seo a' cur taic ris an amas gum bithear a' beachdachadh air a' Ghàidhlig ann an taghadh nas fharsaingeach de sgìrean.

**An dleastanas gus foghlam Gàidhlig a chur air adhart nuair a thathar a' coileanadh uallaichean fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980**

69. Tha Earrainn 16 den Bhile a' cur earrainn ùr, 14A, ri Achd 2016. Ann a bhith a' coileanadh a chuid uallaichean fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980, feumaidh ùghdarras foghlaim a bhith a' cur air adhart agus a' toirt taic do dh'fhoghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus do dh'fhoghlam tron Ghàidhlig agus feumaidh iad feart a thoirt do dh'fheumalachdan agus leas gach sgoileir, agus sgoilearan a dh'fhaodadh a bhith ann.

**A' roinn fiosrachaidh mu fhoghlam Gàidhlig**

69. Tha Earrainn 17 den Bhile a' cur earrainn ùr, 16A, ri Achd 2016. Tha seo a' toirt cumhachd do Bhòrd na Gàidhlig gus brath a chur gu ùghdarras foghlaim a bhios ag iarraidh orra fiosrachadh a thoirt seachad mu fhoghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, foghlam tron Ghàidhlig no teagasg na Gàidhlig ann am foghlam adhartach a tha an iad a' solarachadh. Tha an cumha seo riatanach airson na h-obrach a nì Bòrd na Gàidhlig gus aithris a dhèanamh air coileanadh agus feumaidh ùghdarras foghlaim an t-iartras sa bhrath a choileanadh.

**Planadh airson foghlam Gàidhlig a lìbhrigeadh**

71. Tha Earrainn 18 a' dèanamh atharrachadh air earrainn 3 de dh'Achd 2005, sa bheil riatanasan airson phlanaichean Gàidhlig. Nuair as e ùghdarras foghlaim a

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

tha ag ullachadh plana, feumaidh am plana aca plana an ùghdarras a chur an cèill airson a bhith a' toirt foghlam Gàidhlig seachad, agus feumaidh an t-ùghdarras co-chonaltradh a dhèanamh ri daoine aig a bheil ùidh no com-pàirt sna h-eileamaidean sin den phlana. Thathar air leudachadh a thoirt air a' chumhachd a th' aig Ministearan na h-Alba gus riaghlaidhean a dhèanamh mu shusbaint phlanaichean Gàidhlig gus an urrainnear cumhaichean eile a stèidheachadh mu na cùisean a dh'fheumas a bhith ann am plana. Thèid planaichean Gàidhlig ùghdarrasan foghlaim a neartachadh leis mar a bhios mìneachadh nas mionaidiche annta air mar a bu chòir dèiligeadh ri foghlam tron Ghàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig an lùib phròiseasan airson planadh airson na Gàidhlig.

## Dleastanas gus taic a thoirt do chothroman air foghlam tron Ghàidhlig

72. Tha Earrainn 19 a' dèanamh atharrachadh air earrainn 15 de dh'Achd 2016 gus dleastanas fhàgail air ùghdarras foghlaim gus taic a thoirt do phàiste a tha a' còmhnaidh anns an sgìre aige cothrom fhaighinn air foghlam tron Gàidhlig a tha air a sholarachadh ann an sgìre ùghdarras foghlaim eile, cho fada 's a tha sin practaigeach gu reusanta. Tha seo ri choileanadh an dà chuid nuair nach eil an t-ùghdarras a tha fon dleastanas seo a' toirt foghlam Gàidhlig seachad, agus nuair a tha, ach chan eil e practaigeach gu reusanta gum faigh am pàiste cothrom air (mar eisimpleir, tha aca ri siubhal ro fhada). 'S e dòigh eile a dh'fhaodadh a bhith ann, far nach b' urrainn do neach òg ann an àite no suidheachadh sònraichte cothrom fhaighinn air foghlam Gàidhlig agus leis an dòigh sin, cha b' urrainn don neach òg FtG fhaotainn.

## Dleastanas sgìre-sgoile a stèidheachadh airson sgoiltean a tha a' solarachadh foghlam tron Ghàidhlig

73. Tha Earrainn 20 den Bhile a' cur earrainn ùr, 15A, ri Achd 2016, a tha a' toirt air ùghdarras foghlaim sgìre-sgoile a stèidheachadh airson sgoiltean le foghlam tron Ghàidhlig a tha fo a stiùir. Airson solar foghlaim a th' ann mu thràth, feumar seo a dhèanamh taobh a-staigh 2 bhliadhna bho thig an earrainn seo an gnìomh. Faodaidh sgìre-sgoile a bhith, ach chan fheum i a bhith, co-ionnan ri sgìre-sgoile a gheibhear airson sgoiltean eile, no a gheibhear airson foghlam tron Bheurla aig an aon sgoil. Nuair a bhios ùghdarras foghlaim a' stèidheachadh sgìre-sgoile, feumaidh iad ealla a ghabhail ris an fheum gus dòighean siubhail reusanta a chur air dòigh do sgoilearan.

74. Tha foghlam tron Ghàidhlig na roinn mion-chànain taobh a-staigh siostam sgoiltean na h-Alba agus chan eil a chuid fheumalachdan co-ionann ris an fheadhainn a th' aig an t-siostam foghlaim san fharsaingeachd. A thaobh sgìrean-sgoile, feumar ealla shònraichte a ghabhail ri sgoiltean no aonadan Gàidhlig, agus gu tric chan eil ann ach aon sgoil no aonad ann an sgìre ùghdarras ionadail. Uaireannan, chan eil ann ach aon ghoireas taobh a-staigh grunn ùghdarrasan ionadail. Mar sin, tha sgoiltean no aonadan Gàidhlig feumach air sgìrean-sgoile a fhreagras air na feumalachdan sònraichte aca. Tha an Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig a' dèiligeadh ri seo agus tha reachdas sa Bhile air a shon. Thathar an dùil

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

san Stiùireadh gum bi sgìre-sgoile FtG 'a' sìneadh tarsainn' air grunn, mar eisimpleir, sgìrean-sgoile bun-sgoile, gus am bi cothrom aig clann air FtG agus air sàillibh gur dòcha nach eil ann ach an sgoil no aonad FtG sin san sgìre no aig an ùghdarras. Cha deach beachdachadh ann an da-rìribh air an dòigh eadar-dhealaichte. 'S e a bhiodh ann leis an dòigh eadar-dhealaichte, gum biodh an sgìre-sgoile FtG co-ionann ris an sgìre-sgoile FtB san aon sgoil agus dh'fhaodadh sin bacadh a chur air na th' ann de chloinn a dhèanadh FtG. Tha reachdas a' Bhile a' togail air cumhaichean an Stiùiridh Reachdail bho 2017.

## Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010 ga coileanadh airson foghlam tron Ghàidhlig

75. Tha Earrainn 21 a' cur "moladh gus stad a chur air ullachaidhean siubhail airson sgoilearan ann am foghlam tron Ghàidhlig" ri pàipear-taice 1 de dh'Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010, bidh sin a' ciallachadh gum feum ùghdarras foghlaim am pròiseas a leantainn a chithear san Achd airson leithid a mholadh buntainneach. Tha paragraf 7A ùr air a chur ri pàipear-taice 2, sa bheil liosta de luchd-co-chonaltraidh buntainneach airson leithid a mholadh, agus leis an teacsa ùr airson paragraph 11, bidh Comann nam Pàrant (Nàiseanta) am measg an luchd-co-chonaltraidh bhuntainnich airson gach moladh a bheir buaidh air foghlam tron Ghàidhlig.

## Measaidhean: an cumhachd gus cumhachan eadar-dhealaichte a stèidheachadh airson diofar sgìrean

75. Tha Earrainn 22 a' dèanamh atharrachadh air Achd 2016 gus an gabh an cumhachd ann an earrainn 9(7) – far an urrainnear an àireamh de chloinn a dh'fheumas a bhith ann gus measadh iomlan a dhèanamh air an fheum air foghlam tron Ghàidhlig atharrachadh – a chur an sàs le diofar àireamhan airson diofar phàirtean de sgìre ùghdarras fhoghlaim.

## Leudachadh gus am bi measaidhean a' gabhail a-steach tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne

77. Tha Earrainn 23 a' dèanamh atharrachadh air Achd 2016 gus am bi am pròiseas airson measadh a dhèanamh air an fheum air foghlam tron Ghàidhlig a' buntainn ri tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne cuideachd.

78. Tha foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig air a thoirt seachad tro ionnsachadh le làn-bhogadh sa chànan – far a bheil am pàiste air an oideachadh gu tur sa Ghàidhlig, gus dèanamh cinnteach gum bi iad cho fileanta 's as urrainn dhaibh. Nuair a thòisich foghlam tron Ghàidhlig ann an Alba, chleachdadh an dòigh ionnsachaidh sin agus i a' togail air dòighean-teagaisg ann an dùthchannan eile airson mhion-chànanan. Bu chòir an làn-bhogadh tòiseachadh aig ìre thràth-ionnsachaidh agus an lùib cùram-chloinne – agus sin a' cuideachadh le bhith ag ullachadh a' phàiste airson foghlam sgoile sa chànan. Leis a' phròiseas a th' ann an-

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

dràsta airson measadh a dhèanamh air an fheum air foghlam tron Ghàidhlig ann an sgìre ùghdarras fhoghlaim, chan eil gealltanais ann gum bi tràth-ionnsachadh no cùram-chloinne rim faotainn sa Ghàidhlig. Mar thoradh air sin, èiridh laigsean san t-siostam sgoile a bheir buaidh, nach eil cothromach, air oideachadh nan sgoilearan agus uallaichean-obrach nan tidsearan. Le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne mar phàirt den aon oideachadh ann an Gàidhlig 's a gheibhear ann am foghlam bun-sgoile, gheibhear siostam sgoile nas èifeachdaiche.

**Dleastanas gus co-chonaltradh is planadh a dhèanamh a thaobh sheirbheisean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne**

79. Tha Earrainn 24 a' dèanamh atharrachadh air earrainn 50 de dh'Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014 gus am feum ùghdarras fhoghlaim co-chonaltradh a chumail air am bu chòir dha tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne tron Ghàidhlig a thoirt seachad.

**Cumhachan airson thabhartasan do Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba airson Foghlam Adhartach is Àrd-ìre**

79. Tha Earrainn 25 a' dèanamh atharrachadh air Achd an Fhoghlaim Adhartaich is Àrd-ìre (Alba) 2005, agus i a' cur earrainn ùr rithe, 9E. Fo Earrainn 9 de dh'Achd an Fhoghlaim Adhartaich is Àrd-ìre (Alba) 2005, 's urrainn do Mhinistearan na h-Alba tabhartasan a thoirt do Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba airson Foghlam Adhartach is Àrd-ìre fo chùmhnanntan is cumhachan a mheasas Ministearan na h-Alba iomchaidh. Le Earrainn 9E ùr, faodaidh Ministearan na h-Alba cùmhnanntan is cumhachan a stèidheachadh air an adhbhar: a' leigeil le agus a' brosnachadh dhaoine gus pàirt a ghabhail ann am foghlam adhartach is àrd-ìre a ghabhas maoineachadh ann an Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig, agus air an adhbhar an àireamh dhaoine a nì sin a chur am meud.

## **Caibideil 2: Dòighean-obrach eadar-dhealaichte**

81. Tha Riaghaltas na h-Alba air gealladh daingeann a thoirt seachad foghlam tron Ghàidhlig a ghleidheadh ann an sgoiltean Albannach. Ged a chaidh beachdan a thoirt seachad air foghlam tron Ghàidhlig, nàdar an fhoghlaim sin ann an sgoiltean agus an taic a gheibhear, chan eil Riaghaltas na h-Alba airson atharrachadh mòr a dhèanamh air prìomh structair agus modail-lìbhrigidh FtG ann an sgoiltean na h-Alba. Bidh foghlam tron Ghàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig fhathast air an lìbhrigeadh le ùghdarrasan ionadail agus le taic chudromach bho Riaghaltas na h-Alba agus diofar bhuidhnean poblach. Tha fios aig Riaghaltas na h-Alba, ge-tà, gu bheil daoine le ùidh is com-pàirt ann am foghlam na Gàidhlig, agus gu h-àraidh buidhnean phàrantan, a' miannachadh gu mòr gun tig adhartas le foghlam tron Ghàidhlig agus gun tèid dèiligeadh ri grunn adhbharan dragha. Ri linn ar cuid eòlais air an roinn, tha fios aig Riaghaltas na h-Alba gu bheil daoine le ùidh is com-pàirt ann am foghlam Gàidhlig air cuideam a chur air grunn chùisean, leithid chothroman air foghlam tron Ghàidhlig, seirbheisean tràth-ionnsachaidh agus

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

bogadh ann am bun-sgoiltean, trusadh thidsearan is taic dhaibh, goireasan airson foghlam Gàidhlig agus solar aig ìre na h-àrd-sgoile. Bithear gu cunbhalach a' sireadh bheachdan bho roinn foghlam na Gàidhlig agus bho choimhearsnachdan Gàidhlig air planaichean Gàidhlig, Planaichean Nàiseanta, molaidhean an OECD, ro-innleachdan cultarach, cùisean coimhearsnachd agus an lùib iomadh co-chomhairleachadh aig Riaghaltas na h-Alba, a' Phàrlamaid, buidhnean poblach agus ùghdarrasan ionadail. Cuideachd, gheibhear beachdan is molaidhean aig coinneamhan oifigeil le luchd-ùidhe na Gàidhlig agus ann an co-chomhairleachaidhean le ministearan.

82. San earrainn gu h-àrd, tha iomradh air na prìomh dhòighean-obrach eadar-dhealaichte air an deach beachdachadh. Cha robh feum air uiread de bheachdachadh a dhèanamh air cuid a chumhaichean eile sa Bhile a thaobh dhòighean-obrach eadar-dhealaichte. B' e bu mhotha bu choireach airson sin nach biodh an dòigh-obrach eadar-dhealaichte air am bite air beachdachadh air a bhith na meadhan earbsach gus am poileasaidh iomlan a chur an gnìomh no an gealladh sa mhanifesto a choileanadh. Tha sin a' gabhail a-steach chùisean leithid a' cur FtG air adhart, a' cur aonta ri sgìrean-sgoile FtG agus taic airson siubhal gu sgoiltean FtG. A thaobh nan cumhachan seo, b' e an dòigh-obrach no an roghainn eadar-dhealaichte, gun a bhith a' stèidheachadh sgìrean-sgoile FtG agus gun a bhith a' toirt taic seachad airson siubhal gu sgoiltean FtG. Cha deach beachdachadh air na dòighean-obrach eadar-dhealaichte sin, thoradh cha robh iad a' freagairt air an amas poileasaidh fharsaing gus taic a chur ri cànanan dùthchasach na h-Alba.

83. Mar sin, chaidh dòigh-obrach a chur an sàs far a bheilear a' dèanamh atharraichean cudromach air an reachdas a th' ann an-dràsta airson foghlam Gàidhlig agus a' stèidheachadh cumhachd gus riaghlaidhean a dhèanamh tron urrainnear bun-inbhean a stèidheachadh. Ged nach deach beachdachadh air dòighean eadar-dhealaichte gus foghlam Gàidhlig a thoirt seachad ann an sgoiltean na h-Alba, chaidh beachdachadh air taghadh farsaing de dh'atharraichean gus ealla a ghabhail ris na teachdaireachdan a thàinig bhon cho-chomhairleachadh. An lùib sin, bha grunn atharraichean ann nach deach a chur an sàs, leithid reachdas airson a bhith a' stèidheachadh sgoiltean Gàidhlig fa leth no a' dèanamh a' phròiseas nas fhasa airson pàrantan a bhith a' cur tagradh a-steach airson foghlam tron Ghàidhlig don chuid chloinne. Thèid dèiligeadh ris na cùisean sin tro ro-innleachd na Gàidhlig agus bun-inbhean.

## **Caibideil 2: Co-chomhairleachadh**

84. Nochd na cuspairean a leanas sna freagairtean mu fhoghlam tron Ghàidhlig sa cho-chomhairleachadh.

- Tha feum air barrachd maoinachaidh is ghoireasan.
- Feumar dèiligeadh ris na nithean a tha a' cur bacadh air fàs ann am FtG agus air an obair gus FtG a chur air adhart.
- Feumaidh barrachd chothroman a bhith ann air FtG.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

- Feumaidh gealltanais a bhith ann gum bi solar leantainneach ann eadar na tràth-bhliadhnaichean, a' bhun-sgoil, agus an àrd-sgoil.
- Tha feum air barrachd sgoiltean Gàidhlig.
- Tha tidsearan FtG feumach air barrachd taice.
- Feumaidh barrachd dhleastanasan a bhith air ùghdarrasan ionadail gus taic a thoirt do FtG agus FtG a chur air adhart.
- A thaobh foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI), bha daoine airson gum biodh barrachd cothroman air ann an sgoiltean agus gum biodh cothrom aig clann ann an FLI a dhol a-steach gu FtG seachad air ìre P1. Bha iarrtas ann cuideachd nach biodh FtG agus FLI air am faicinn uiread 's a tha iad mar thaghadh roghnach airson ùghdarrasan ionadail agus gum biodh Ministearan na h-Alba a' toirt barrachd stiùir air mar a thèid am foghlam sin a thoirt seachad is a chur air adhart.

85. Leis an t-siostam a th' ann an-dràsta, far a bheil e mar roghainn do dh'ùghdarrasan ionadail FtG a thabhann, tha beàrn anns an fhoghlam aig na diofar ìrean den sgoil – tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil is àrd-sgoil. Tha eadar-dhealachaidhean ann cuideachd eadar na goireasan is taic airson FtG agus foghlam tron Bheurla – a thaobh stuthan ionnsachaidh bunaiteach agus taic-ionnsachaidh a bharrachd. Thogadh an cuspair seo gu tric sna freagairtean aig pàrantan is buidhnean phàrant. Bhathar a' coimhead air riaghlaidhean air an ullachadh le ministearan, le comhairle bho luchd-ùidhe, mar mheadhan gus bun-ìrean a stèidheachadh airson FtG a dh'fheumadh ùghdarrasan foghlaim a choileanadh.

86. Bha iomradh cuideachd, sna freagairtean mu FtG agus FLI, air an uallach a th' air Bòrd na Gàidhlig leis na dleastanasan aca. Ged a bha luchd-freagairt, san fharsaingeachd, taingeil airson mar a bhios Bòrd na Gàidhlig a' toirt stiùireadh do phàrantan is ùghdarrasan ionadail air foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean, bha tòrr den bheachd gum biodh an obair aca na b' èifeachdaiche nam biodh dleastanasan dearcnachaidh aca, agus Ministearan na h-Alba an uair sin a' toirt stiùiridhean seachad a thaobh a bhith a' stèidheachadh FtG is FLI.

87. Thuirt luchd-freagairt gun robh tàir aca leis cho doirbh 's a bha e fiosrachadh a lorg air solar FtG no FLI ann an sgìre an ùghdarras ionadail aca. Bhathar a' moladh gum bu chòir dleastanas a bhith air ùghdarrasan ionadail gus oidhirpean a dh'aona-ghnothach a dhèanamh airson sanasachd a dhèanamh air FtG agus FLI nuair a bha cothrom orra. Bha ceangal aig seo ris an iarrtas a bh' aig daoine gum bite a' dèanamh barrachd sanasachd air na buannachdan a thig bho fhoghlam dà-chànanach. Dh'iarr luchd-freagairt cuideachd gum biodh e mar dhleastanas air ùghdarrasan ionadail dèanamh cinnteach gun robh fios aig pàrantan gun Ghàidhlig air na cothroman a bh' ann airson FtG. Chaidh iarraidh cuideachd gum bu chòir gum feum ùghdarrasan ionadail measadh leantainneach a dhèanamh air an iarrtas airson foghlam Gàidhlig san sgìre aca.



Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

88. Chaidh gainnead roghainnean siubhail gu sgoiltean no aonadan FtG a thogail mar chnap-starra do chloinn a bha am beachd tòiseachadh ann am FtG sa bhun-sgoil no an dòchas cumail orra le FtG san àrd-sgoil. Bidh cuid a dh'ùghdarrasan ionadail a' cur air dòigh leithid a ghoireasan siubhail nuair a tha na h-ionadan FtG aca astar air falbh bho dhachaigh pàiste no nuair a dh'fheumas pàiste FtG fhaighinn san àrd-sgoil aig ùghdarras ionadail eile. Ge-tà, chan eil barantas ann gun tachair sin. Mar sin, chaidh a mholadh gum feumadh barrachd uallaich reachdail a bhith air ùghdarrasan ionadail gus an t-seirbheis sin a thoirt seachad mar phàirt den FtG aca ma thathar a' dol a chur às don chnap-starra seo.

89. Aig diofar amannan, chaidh a ràdh gun robh an dòigh san robh FtG air a ghabhail a-steach ann an ath-sgrùdaidhean ùghdarrasan ionadail air sgìrean-sgoile am measg nan nithean a bha a' cur bacadh air sgoilearan bho bhith a' faighinn cothrom air foghlam Gàidhlig. Thuirt aon neach-freagairt gun robh mar a bhathar "a' dèanamh ath-sgrùdaidhean measgaichte FtG/FLE air sgìrean-sgoile" a' dèanamh "leth-bhreith" air FtG oir mar as àbhaist cha robh roghainn aig sgoilearan FtG ach air aon sgoil san sgìre aca. Mar thoradh air sin, bhathar a' cur bacadh air teaghlaichean bho bhith a' roghnachadh foghlam FtG.

90. Chaidh aithne a thoirt do cho cudromach 's a tha Comann nam Pàrant do mar a thig leasachadh is leudachadh air foghlam Gàidhlig agus iad mar chomhairle phàrant shònraichte airson FtG. Mar sin, chaidh a mholadh gum bu chòir dhaibh a bhith am measg an luchd-co-chonaltraidh reachdail fo phàipear-taice de dh'Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010.

91. Chaidh tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne a chomharrachadh mar roinn shònraichte de FtG a bha feumach air barrachd taice. Chaidh a ràdh ann am freagairtean bho phàrantan is tidsearan-sgoile gun robh dùbhlain ann do chloinn a bhiodh a' tòiseachadh sa bhun-sgoil ann am FtG nuair nach robh iad air foghlam nan tràth-bhliadhnaichean fhaighinn sa Ghàidhlig. Bha iarrtas ann san fharsaingeachd gum biodh seirbheisean nan tràth-bhliadhnaichean is cùram-chloinne mar phàirt den phròiseas choitcheann airson solar FtG ann an Achd 2016.

## Pàirt 2: Albais

92. Coltach ri Gàidhlig, 's e amas poileasaidh a' Bhile seo gum bi barrachd taice ann do dh'Albais agus gun tig piseach air a h-inbhe, ìomhaigh agus mar a thèid a cleachdadh sa bheatha phoblaich agus ann an coimhearsnachdan. Tha Riaghaltas na h-Alba air a' gabhail ris, agus sin a dhèanamh gu cunbhalach, mar a tha Albais na pàirt cudromach de dhualchas is fèin-aithne na dùthcha. Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' gabhail ris gu bheil Albais mar phàirt riatanach de bheatha chultarach, shònraichte na h-Alba agus i air buaidh mhòr a thoirt air ar n-òrain, bàrdachd agus litreachas. Tha Albais cuideachd cudromach do bheatha theaghlaichean is choimhearsnachdan. Mar aithne do seo, dh'ullaich Riaghaltas na h-Alba poileasaidh Albais ann an 2015 agus tha iad air obrachadh gu dlùth còmhla ri buidhnean foghlaim is cultarach gus taic a chumail ri Albais.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

93. The Albais, ged a tha i car coltach ri Albais Uladh, dìreach ga bruidhinn ann an Alba. Mar sin, chaidh ceumannan a ghabhail ann an Alba gus dèanamh cinnteach gum bi air a bruidhinn agus air a cur air adhart. A rèir Cunntas-sluaigh 2011, thuir còrr is 1.5 millean neach gum b' e neach-labhairt na h-Albais a bh' annta. Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' toirt taic do chunraidhean Cairt Eòrpach nan Cànan Roinneil is nam Mion-chànan.

94. Am measg nan cunraidhean airson Albais sa Chairt tha gum bu chòir poileasaidhean a stèidheachadh leis an tuigse gu bheilear a' gabhail ris gu bheil cànanan roinneil no mion-chànanan a' cur ri beairteas cultarach an t-saoghail agus gu bheil feum air gnìomhan calma gus cànanan roinneil is mion-chànanan a chur air adhart. Am measg nan cunraidhean eile tha: a' cuideachadh le agus a' brosnachadh cleachdadh na h-Albais am measg dhaoine agus iad ga bruidhinn agus ga sgrìobhadh, sa bheatha phoblaich agus sa bheatha phrìobhaidich, agus a' cur air dòigh dòighean is meadhanan freagarrach gus Albais a theagasg agus gus ionnsachadh ma deidhinn. Tha Riaghaltas na h-Alba air cur romhpa togail air sin agus ceumannan a bharrachd a ghabhail mar thaic do dh'Albais tro reachdas Bile nan Cànan Albannach.

## **Caibideil 1: Taic do dh'Albais**

### **Inbhe na h-Albais**

95. Tha reachdas ann an earrainn 26 airson inbhe na h-Albais. Tha aithris ann am fo-earrainn (1) a tha ag ràdh gu bheil inbhe oifigeil aig Albais ann an Alba agus sin air a stèidheachadh san lagh tro chumhaichean a' Bhìle a tha a' fàgail uallaichean air Ministearan na h-Alba agus daoine eile. Seo a' chiad turas a tha reachdas air aithris a dhèanamh air inbhe na h-Albais. Thathar air aithne a thoirt do mar a tha Albais na chànan oifigeil ann an sgrìobhainnean neo-laghail agus aithrisean nam ministearan, ach cha tugadh aithne dhi riamh ann an reachdas. Thugadh aithne do dh'Albais ann an Cairt Eòrpach nan Cànan Roinneil is nam Mion-chànan agus ann an gnìomhan Comhairle Bhreatainn is na h-Èireann. Leis a' cheum seo, thathar a' cuideachadh gus dèiligeadh ris na beachdan neo-thaiceil a chluinnear uaireannan mu Albais agus an stiogma agus leth-bhreith air am bi luchd-labhairt na h-Albais gu tric a' toirt iomradh.

### **Ro-innleachd na h-Albais**

96. Ann an Earrainn 27 thathar ag iarraidh air Ministearan na h-Alba ro-innleachd na h-Albais ullachadh. San earrainn sin thathar a' cur an cèill na dh'fheumas a bhith ann an ro-innleachd na h-Albais, riatanasan co-chomhairleachaidh agus foillseachaidh agus clàran-ama airson a h-ullachadh agus airson ath-bhreithneachadh is ath-dheasachadh a dhèanamh oirre. Tha poileasaidh Albais aig Riaghaltas na h-Alba, còmhla ri grunn ùghdarrasan poblach eile, le prìomhachasan airson a' chànan. Le cumhachan a' Bhìle airson ro-innleachd na h-Albais ullachadh, thèid cur ri seasamh nam prìomhachasan sin agus ri seasamh na h-obrach a tha buidhnean Albais is ùghdarrasan eile a' dèanamh gus adhartas a dhèanamh leotha.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

## Aithisgean air an ro-innleachd

97. Fo Earrainn 28 feumaidh Ministearan na h-Alba aithisg fhoillseachadh air an ro-innleachd cho luath 's a tha practaigeach gu reusanta às dèidh na h-ùine còig bliadhna bho chaidh an ro-innleachd mu dheireadh fhoillseachadh. Bidh an aithisg sin a' cur ri cliù is inbhe ro-innleachd na h-Albais agus cuidichidh i le bhith a' sealltainn an adhartais a rinneadh le prìomhachasan na ro-innleachd agus far a bheil barrachd ghnìomhan no taice a dhith.

## Buaidh na ro-innleachd

98. Fo Earrainn 29 feumaidh Ministearan na h-Alba feart a thoirt don ro-innleachd nuair a tha iad a' cruthachadh phoileasaidhean agus a' coileanadh an cuid uallaichean, agus feumaidh ùghdarrasan poblach buntainneach feart a thoirt dhi nuair a tha iad a' coileanadh nan uallaichean aca. Tha am mìneachadh airson ùghdarras poblach buntainneach fo fho-earrainn (3) co-chòrdail ris a' mhìneachadh ann an earrainn 10 de dh'Achd 2005. Tha grunn bhuidhnean Albais a tha ri obair ann an raointean leithid foghlam, foillseachadh, na meadhanan agus na h-ealain. Tha cuid a dh'ùghdarrasan poblach a' toirt taic mhath don chànan. Leis an ro-innleachd, nithear cinnteach gum bi àite nas fhollaisiche aig Albais ann am beatha phoblach agus coimhearsnachdan na h-Alba.

## An cumhachd aig Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt seachad

99. Tha Earrainn 30 a' toirt a' chumhachd do Mhinistearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach buntainneach a thaobh a bhith a' cur air adhart agus a' toirt taic do chleachdadh na h-Albais agus a bhith a' toirt leasachadh air agus a' brosnachadh cultar na h-Albais. Feumaidh Ministearan na h-Alba co-chonaltradh a chumail le daoine aig a bheil com-pàirt ann an cùisean Albais nuair a bhios iad ag ullachadh na ro-innleachd. Dh'fhaodadh leithid a dhaoine a bhith a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, Ionad na h-Albais, Scots Hoose agus Yaldi Books. Neartaichidh seo na cumhachan reachdail a th' ann airson Albais agus bheir e tuilleadh dhleastanasan is seasamh do ghrunn bhuidhnean Albais.

## Caibideil 1: Dòighean-obrach eadar-dhealaichte

100. Le reachdas a' Bhìle, thathar ag amas air cur ri inbhe is ìomhaigh na h-Albais ann an grunn roinnean de bheatha phoblach na h-Alba. Tha fios aig Riaghaltas na h-Alba gun robh cuid a luchd-labhairt an dòchas gun deigheadh buidheann phoblach a stèidheachadh gus adhartas a dhèanamh le prìomhachasan na h-Albais. Chaidh beachdachadh air an dòigh-obrach eadar-dhealaichte seo, ach cha deach a cur an gnìomh ann an reachdas a' Bhìle. Tha grunn bhuidhnean Albais beaga a tha ag obair le taic bho Riaghaltas na h-Alba. Tha deagh eòlas aig na buidhnean sin agus tha ceanglaichean matha aca ri coimhearsnachdan agus mar sin bidh iad glè chomasach air taic a chumail ri cumhaichean a' Bhìle agus cuideachadh le bhith gan toirt gu buil. Cuideachd, tha ceanglaichean matha aig na buidhnean Albais ri ùghdarrasan poblach na h-Alba a thaobh taic do dh'Albais.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

101. Tha an lionra seo de bhuidhnean Albais agus ùghdarrasan poblach a' toirt bun-stèidh làidir dhuinn gus na h-ath cheumannan cudromach a ghabhail airson Albais a chur air adhart agus taic a thoirt dhi. Leis an dòigh-obrach a thathar a' moladh a chur an sàs, thathar den bheachd gu bheil an reachdas a' leigeil le daoine na ceumannan ceart a ghabhail aig an àm cheart agus gun tig piseach air na thathar a' solarachadh airson Albais. Cuideachd, tha grunn bhuidhnean Albais beaga ag obair san raon seo agus bidh cumhaichean a' Bhile a' neartachadh dhleastanasan is inbhe nam buidhnean sin.

## **Caibideil 1: Co-chomhairleachadh**

102. Chaidh ceistean a thogail mu Albais cuideachd sa cho-chomhairleachadh ann an 2022. Am measg nam prìomh chuspairean a chaidh a thogail sna freagairtean bha: leasachadh air an t-solar airson foghlam Albais le iarrtas airson ghoireasan nas fheàrr, aithne agus barantachadh. Cuideachd, bha iomradh air tuilleadh maoineachaidh agus taice bho reachdas airson Albais ann am freagairtean a' cho-chomhairleachaidh agus iomradh air a bhith a' cur na h-Albais air adhart agus air mar bu chòir dèiligeadh ri stiogma sòisealta a thaobh Albais. Bha daoine cuideachd ag iarraidh barrachd Albais fhaicinn agus a chluinntinn sna meadhanan agus gum biodh barrachd ghoireasan ann do dh'Albais agus gum biodh i na bu fhollaisiche. Cuideachd, chaidh a thogail sa cho-chomhairleachadh gu bheil feum air ro-innleachd na h-Albais, taic do na buidhnean Albais agus co-chonaltradh le coimhearsnachdan.

103. Fhuaras beachdan sa cho-chomhairleachadh mu bhith a' stèidheachadh Bhòrd na h-Albais gus Albais a chur air adhart agus beachdan far an robhar ag iarraidh reachdas is cumhaichean reachdail a stèidheachadh gus an cànan a chur air adhart. Bha cuid a luchd-freagairt a' faireachdainn nach robh gu leòr dhaoine mothachail air obair nam buidhnean Albais, agus gum bu chòir dhaibh a bhith nas follaisiche agus comas a bhith aca barrachd buaidhe a thoirt air cùisean. Bhathar den bheachd gum bu chòir do Bhile nan Cànan Albannach aithne laghail is oifigeil a thoirt do dh'Albais mar mhion-chànan oifigeil ann an Alba agus gum bu chòir iomairtean a bhrosnachadh a nì an cànan nas follaisiche.

104. Cuideachd, bhruidhinn luchd-freagairt air maoineachadh gus pròiseactan no poileasaidhean co-cheangailte ri Albais a chur air dòigh agus a chur air adhart. Bha cuid a luchd-freagairt cuideachd a' moladh gum bu chòir do Riaghaltas na h-Alba maoineachadh a thoirt seachad airson cultar na h-Albais, nithean leithid fhilmichean, craoladh, na meadhanan, agus seòrsaichean ealain eile. Le iomairt sam bith gus Albais a chur air adhart, feumar dèanamh cinnteach gu bheil i in-ghabhalach agus nach bithear a' daingneachadh ghnàth-iomhaighean a nì cron. Bu chòir barrachd chothroman a bhith ann airson co-chonaltradh taobh a-staigh choimhearsnachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ùidhe a' gabhail pàirt.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

## **Caibideil 2: Foghlam sgoile**

### **Foghlam Albais ann an sgoiltean**

105. Fo Earrainn 31 feumaidh Ministearan na h-Alba foghlam Albais ann an sgoiltean a chur air adhart agus taic a thoirt dha. Cuideachd, feumaidh ùghdarrasan foghlaim foghlam Albais a chur air adhart agus taic a thoirt dha sna sgoiltean a tha fo an stiùir. Tha seo a' gabhail ealla ri prìomh theachdaireachdan a fhuaras sa cho-chomhairleachadh.

### **Stiùireadh air foghlam Albais**

106. Tha Earrainn 32 a' toirt a' chumhachd do Mhinistearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do dh'ùghdarrasan foghlaim air foghlam Albais ann an sgoiltean. Feumaidh Ministearan na h-Alba co-chonaltradh a dhèanamh ri daoine le com-pàirt no ùidh ann an cùisean nuair a tha iad ag ullachadh stiùireadh. Dh'fhaodadh leithid a dhaoine a bhith a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, Ionad na h-Albais, Scots Hoose agus Yaldi Books. A-rithist, tha an cumha seo a' gabhail ealla ri prìomh theachdaireachdan a fhuaras sa cho-chomhairleachadh.

### **Cumhachd aig Ministearan gus bun-inbhean a stèidheachadh airson foghlam Albais ann an sgoiltean**

107. Tha Earrainn 33 a' toirt cumhachd do Mhinistearan na h-Alba gus riaghlaidhean a stèidheachadh tron urrainn dhaibh na bun-inbhean agus na riatanasan a shònrachadh ris am feum ùghdarras foghlaim cumail ann a bhith a' coileanadh a chuid uallaichean a thaobh foghlam Albais ann an sgoiltean a tha fo a stiùir. Faodar le riaghlaidhean reachdas eadar-dhealaichte a dhèanamh airson adhbharan eadar-dhealaichte agus sgìrean eadar-dhealaichte (a' gabhail a-steach diofar phàirtean de sgìre ùghdarras foghlaim). Bidh na riaghlaidhean a' tighinn fo rian a' mhodha-obrach dhiùltach.

### **Aithisgean air foghlam Albais**

108. Fo Earrainn 34, feumaidh Ministearan na h-Alba aithisgean a chur air dòigh (mar eisimpleir tro dhaoine no buidheann eile a bheir seachad iad) le fiosrachadh air an adhartas a rinneadh le bhith a' toirt foghlam Albais seachad ann an sgoiltean.

### **Mìneachadh air Caibideil 2**

109. Tha Earrainn 35 a' toirt a-steach bhriathran a tha air am mìneachadh bho Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 airson a' Chaibideil seo.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

## **Caibideil 2: Dòighean-obrach eadar-dhealaichte**

110. Tha grunn bhuidhnean beaga Albais ag obair le taic bho Riaghaltas na h-Alba. Tha deagh eòlas aig na buidhnean sin air foghlam agus tha ceanglaichean matha aca ri coimhearsnachdan agus mar sin bidh iad glè chomasach air taic a chumail ri cumhaichean a' Bhile airson foghlam Albais agus cuideachadh le bhith gan toirt gu buil. Cuideachd, tha ceanglaichean matha aig na buidhnean Albais ri ùghdarrasan poblach na h-Alba a thaobh taic do dh'fhoghlam Albais.

111. Tha an lìonra seo de bhuidhnean Albais agus ùghdarrasan poblach a' toirt bun-stèidh làidir dhuinn gus na h-ath cheumannan cudromach a ghabhail airson foghlam Albais a chur air adhart agus taic a thoirt dha. Leis an dòigh-obrach a thathar a' moladh a chur an sàs, thathar den bheachd gu bheil an reachdas a' leigeil le daoine na ceumannan ceart a ghabhail aig an àm cheart agus gun tig piseach air na thathar a' solarachadh airson foghlam Albais. Cuideachd, tha grunn bhuidhnean Albais beaga ag obair gus taic a thoirt seachad a thaobh foghlam Albais agus bidh reachdas a' Bhile seo a' neartachadh dhleastanasan is inbhe nam buidhnean sin.

## **Caibideil 2: Co-chomhairleachadh**

112. Bha taic ann airson a' bheachd gum bu chòir Albais a bhith air a fighe a-steach do shiostam an fhoghlaim gu ìre nas motha. Bha cuid a luchd-freagairt an dòchas gum biodh cothroman na b' fheàrr air Albais agus taic na b' fheàrr dhi ann am foghlam agus gum biodh teisteanasan is aithne ann do luchd-labhairt fileanta na h-Albais agus bha iad airson gum biodh tidsearan le Albais air am fastadh aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile air feadh Alba. Bha daoine sa cho-chomhairleachadh cuideachd ag iarraidh gum biodh barrachd Albais ann an oilthighean gus am b' urrainn do luchd-ionnsachaidh ionnsachadh ann am barrachd doimhneachd mu Albais agus aig an treas ìre.

113. Bha beachdan ann cuideachd air gràmar agus gnàthachas litreachaidh agus gum bu chòir na buidhnean Albais agus ùghdarrasan beachdachadh air riaghailtean cunbhalach a stèidheachadh airson Albais. Bhathar an dòchas le dòighean litreachaidh is gràmar cunbhalach agus faclair gum bite a' leantainn ghnàthasan aithnichte agus fianais eachdraidheil agus a' gabhail ealla ri dualchainntean. Bhathar ag ràdh gun robh e riatanach gum biodh gnàthachas litreachaidh cunbhalach ann airson Albais ma thathar airson cur inbhe a' chànain agus gus am bi e nas fhasa aig ìre phractaigeach conaltradh a dhèanamh is foghlam a thoirt seachad sa chànain. Bhathar a' moladh gum bu chòir do Riaghaltas na h-Alba bòrd planaidh a stèidheachadh airson a' chànain le eòlaichean gus gnàthachas litreachaidh is gràmar airson Albais a rannsachadh, a dheasbad agus a chur an sàs.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

## Pàirt 3: Na Cumhachan mu dheireadh

### A' dol an gnìomh

114. Tha Earrainn 37 a' stèidheachadh reachdas gus dearbhadh gun tig Pàirt 3 den Bhile an gnìomh latha às dèidh dha Aonta Rìoghail fhaighinn.

115. Bidh gach cumha eile den Bhile a' dol an gnìomh air latha a thèid ainmeachadh ann an riaghlaidhean a nì Ministearan na h-Alba. Faodar leis na riaghlaidhean sin cumhaichean eadar-amail, neo-bhuan no gleidhidh a stèidheachadh a thaobh dol-an-gnìomh agus faodar leis na riaghlaidhean reachdas eadar-dhealaichte a dhèanamh airson adhbharan eadar-dhealaichte (a' gabhail a-steach diofar phàirtean de sgìre ùghdarras foghlaim). Cuideachd, feumar na riaghlaidhean seo a chur air beulaibh na Pàrlamaid fo earrainn 30 den Achd airson Mìneachaidh agus Ath-leasachaidh Reachdail (Alba) 2010, ach a thuilleadh air sin chan eil iad a' tighinn fo rian mhodhan-obrach na Pàrlamaid.

## A' bhuidh air co-ionannachd chothroman, còraichean daonna, coimhearsnachdan eileanach, riaghaltas ionadail, leasachadh seasmhach msaa

### Co-ionannachd chothroman

116. Bidh reachdas a' Bhile a' cur taic ri agus a' daingneachadh an amais gum bi co-ionannachd chothroman mar phàirt cudromach de bheatha phoblach is chultarach na h-Alba. Sa chiad dol-a-mach, bidh an solar a gheibh taic agus a thèid a stèidheachadh ri linn a' Bhile ri fhaotainn airson a h-uile duine, cha bhi daoine fa leth no coimhearsnachdan air an dùnadh a-mach gun chothrom air. Tha seo fìor an-dràsta mu na prìomh eileamaidean de na thathar a' solarachadh airson Gàidhlig is Albais, foghlam, na h-ealain, na meadhanan, ionnsachadh Gàidhlig agus leanaidh cùisean mar a tha iad. Aig an aon àm, bidh co-ionannachd chothroman ann an Alba na pàirt cudromach den Bhile oir bidh e a' stèidheachadh reachdas airson choimhearsnachdan luchd-labhairt ann an Alba tha air a bhith air am fàgail air an iomall aig amannan san àm a dh'fhalbh agus tha gainnead reachdais air a bhith ann airson nan coimhearsnachdan sin.

### Còraichean daonna

117. Tha taic airson chòraichean daonna a' gabhail a-steach diofar raointean de ghnìomhachd shòisealta agus phoilitigeach. Gheibhear taic làidir airson chòraichean daonna ann an aithrisean institiudan leithid an UN, Comhairle na h-Eòrpa agus ann an aithrisean phàrlamaidean nàiseanta. Bidh a' chòir gus ionnsachadh no thu fhèin a chur an cèill sa chànan as fheàrr leat a' nochdadh gu tric co-cheangailte ri gnìomhan a chithear air liostaichean de chòraichean daonna. Mar sin, bidh am Bile a' cuideachadh le bhith a' toirt aithne do chòraichean cànan is cultarach agus aig an

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

aon àm cha bhi cumhaichean a' Bhile a' cur bacadh no casg aig còraichean daonna shaoranach eile. Tha am Bile seo co-chòrdail ri agus a' cur taic ri Cùmhnant an UN airson Chòraichean Pàiste agus ri riatanasan an ECHR.

## Coimhearsnachdan eileanach

118. Bidh am Bile seo cuideachd a' toirt taic chudromach do choimhearsnachdan eileanach. Tha am Bile ag amas air sgìrean cànan sònraichte a thoirt a-steach airson Gàidhlig, agus thathar ag aithneachadh gu bheil coimhearsnachdan Gàidhlig brìoghmhor sna h-eileanan, cha math ris an fheadhainn a gheibhear ann an sgìrean eile. Air an dòigh cheudna, bidh reachdas sa Bhile a thaobh Albais a' cur taic ris a' chànan agus i na cànan follaiseach ann an coimhearsnachdan eileanach.

## Riaghaltas ionadail

119. Tha seirbheisean is solar cudromach aig grunn ùghdarrasan ionadail airson na Gàidhlig, agus bithear a' dèanamh cho-dhùnaidhean a thaobh nan seirbheisean sin gu h-ionadail agus tha taic ann cuideachd bho Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan poblach airson an t-seòrsa solair sin. Bidh am Bile a' stèidheachadh reachdas a bheir structair is taic do na seirbheisean a th' aig ùghdarrasan ionadail airson chànanan. Tha cumhaichean a' Bhile seo a' cur cudrom air riaghaltas ionadail agus co-dhùnaidhean ionadail mar mheadhan gus taic a chumail ri Gàidhlig is Albais.

## Leasachadh seasmhach

120. Tha buidhnean Gàidhlig is Albais airson ceumannan a ghabhail gus leasachaidhean eaconamach a chur air adhart agus nì iad sin ann an dòigh far a bheil iad a' toirt an aire do stòrasan is don àrainneachd. Thig grunn bhuannachdan bhon Ghàidhlig airson sgìrean le sluagh beag agus bithear a' feuchainn, an lùib iomairt na Gàidhlig, ri taic a chumail ri coimhearsnachdan sna sgìrean sin.

## Beachdan eadar-nàiseanta

121. 'S e ceist bhuntainneach eile, ciamar a bhios dùthaich a' dèiligeadh ri luchd nam mion-chànan dùthchasach a th' aca. Tha grunn mhion-chànanan dùthchasach ann an Eileanan Bhreatainn agus bidh na coimhearsnachdan cànan sin gu tric a' conaltradh ri chèile gus coimeas a dhèanamh eadar an solar a th' ann airson gach cànan. Bidh am Bile seo a' dearbhadh do choimhearsnachdan mhion-chànanan eile gu bheil Ministearan na h-Alba a' gabhail cheumannan cudromach gus Gàidhlig is Albais a chur air adhart agus taic a thoirt dhaibh ann an Alba.

## Aonta a' Chrùin

122. Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd nach eil am Bile mar a tha e feumach air aonta a' Chrùin. Tha aonta a' Chrùin a dhìth, agus feumar sin a chur an cèill



Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

nuair a tha am Bile ga thoirt air adhart, nuair a bheir Bile buaidh air a' chòir-dhlighe Rìoghail, teachd-a-steach oighre a' Chrùin no sealbh no com-pàirtean pearsanta an Àrd-uachdarain, Phrionnsa agus Stiùbhart na h-Alba no Dhiùc na Còirne. Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd nach eil am Bile a' dèanamh gin de na rudan sin.

123. Gus an tùs fhaicinn airson mar a dh'fhaodas aonta a' Chrùn a bhith a dhìth, faicibh [paragraf 7 de phàipear-taice 3 de dh'Achd na h-Alba 1998](#), agus [riaghailt 9.11 de Ghnàth-riaghailtean na Pàrlamaid](#). Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bheachdachadh a nithear gus dearbhadh a bheil gus nach eil aonta a' Chrùin a dhìth airson Bile, faicibh [Erskine May](#), stiùireadh air modhan-obrach Pàrlamaid.

Tha an sgrìobhainn seo a' buntainn ri Bile nan Cànan Albannach (Bile 39 aig PnA) mar a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air 29 Samhain 2023

# Bile nan Cànan Albannach

---

## Meòrachan Phoileasaidhean

© Còraichean na Pàrlamaid. Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba

Gheibhear fiosrachadh air poileasaidh chòraichean Pàrlamaid na h-Alba air an làrach-lìn - [www.parliament.scot](http://www.parliament.scot)

Air ullachadh agus air fhoillseachadh ann an Alba le Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba.

Gheibhear na sgrìobhainnean uile air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba aig: [www.parliament.scot/documents](http://www.parliament.scot/documents)